

1938.20(24)

E A R A I L - M H I N E A C H A I D H

DO SHLUAGH NA H-ALBA,


MU CHOR NA H-EAGLAIS,

AN GAELIC;

AIR IARRTUS COMH-GHAIRM MHNISTEIREAN

NA H-EAGLAIS, A SHUIDH AN DUN-ÉIDIN,

CEUD MÍOS A' GHEAMHRAIDH,



MDCCCXLII.

A CHAIRDE GRADHACH,—Tha na h-aithriche agus na bràithrean, air dhoibh bhí cruinn an ceam a chéile 's a' Chomh-ghairm so, an Dun-éidin, a' toirt na fáilte so dhuibh, “Gràs, tréair, agus síth gu robh maille ribh o Dhia an t-Athair, agus o 'n Tighearn Iosa Críod Mac an Athar, ann am fírinne agus ann an grádh.

Air dhuinn a thigheinn cruinn a chum ùrnuigh agus comhairle maille r' a chéile mu thimebioll staid Eaglais ar grádh 's an àm, agus mu thim-chioll a' ghàbhaidh eagalaich sin tha sinn a' faicinn mu a coinneamh; agus a' cuimhneachadh, nì a tha sinn an dòchas nach di-chuimhnichear am feasd leinn, bhur comh-pàirt-sa maille ruinn 's an t-Soisgeul, agus gach dàimh agus ceangaltas ionmhuinn a tha eadarainn, agus gach co-fhaireachduinu dhùileas a 's dligheach bhí a ghnàth eadar luchd-teagaisg agus an treud mar bhuill an aoine chuirp, d' an ceam an Tighearn Iosa Críod;—mheasadh leinn e bhí 'n a nì cothromach agus ro-ìomchuidh, gu 'n cuirteadh leinn mu bhur coinneamh-sa, a Chairde ionmhuinn, suim na comhairle sin chum an tugadh sinn air aghaidh,—gu mìnicheadh sinn duibh nàdur an t-seasaimh sin, mar an ceudna, anns am bheil ar n-Eaglais,—na ceud thoiseachaidhean bunaiteach sin a bhuineas do na ceistibh eudthromach a tha air an cur mar callaich air ar spiorad 's an là an diugh; gu 'nì cuireadh sinn gu soilleir agus gu réidh ann bhur n-amharc na ceumanna sin a mhothaicheadh leinn a bhí mar fhìachaibh oirnn a roghnuehadh; agus maille rì so uile, gu 'n cuireadh sinn an céill dhuibhse, ar beachd shuidhichte mu shlighe an dleasdanais a dh' ionasuidh am bheil sluagh na h-Alba air an gairm, fuidh fhreasdal Dhé aig an àm shònruichte agus ro-chudthromach so, a thaobh nan nithe a bhuineas do Eaglais stéidhichte ar Rìoghachd.

Tha suidheachadh agus cor Eaglais bhur n-aithrichean, 's an là an diugh, agus luach do-labhairt nan sochairean sin, tha ann an cunnart bhí air am buintinn air falbh uaibh, 'n an nithibh nach urrainn bhí air am breithneachadh gu soilleir, a dh'easbhuidh gu 'm biodh agaibh ann bhur n-inntinnibh féin sealladh cothromach mu cheud bhunaitibh na h-Eaglais, mar Eaglais shuidh-

iehte ar Tìre, agus mu nithibh àraid ann an *Eachdraidh* ar Rìoghachd ann an àmannaibh a chaidh seachad, 'n uair a fhuair neul mòr fhianuiscean ann an Alba an t-urram sin a ehur orra, teistean urramach a thogail agus a sheasamh 'n ar Tìr, air taobh Chrìosd agus na h-uachdaranachd a bhineas dha-san a mhàin; agus an uair a sheuladh leo an teistean sin le am fuil.

Leugh sibh, no leugh euid dhìbh, tha sinn a' creidsinn, ann an *Eachdraidh* linnean na geur-leannhuinn agus nan deuchainnean ud, nithe tha air an tagaidh mar cheumhneachanaibh ro chùbhraidh ann an eridhìbh luchd-leannhuinn na fìrinn mar tha i ann an *Crìosd*,—cia mar a thagair agus a chathaich ar n-aithrichean diadhaidh mu Chrùn rìoghail Chrìosd, araon mar “Rìgh nan rìghrean,” agus mar “Rìgh nan naomh,”—cia mar a thagair agus a sheas iad ris,—gu 'm b' e araon eòir agus dleasdanas an uachdaranaim sireil, Eaglais Chrìosd a shuidheachadh agus a dhìonadh anns gach dòigh bha dlìgheach d' an dreuchd agus d' an inbhe mar luchd-riaghlaidh na Rìoghachd, mar sheirbhisichibh saor aig an àm cheudna dha-san a 's e e fèin Prionnsa rìghrean na talmhainn: agus tha an *Eachdraidh* cheudna a' cur an cèill, cia mar a thagair ar n-aithriche, agus a chathaich iad gu fuil, gu biodh aig an Eaglais, ann an suidheachadh agus ann an riaghladh a cùisean agus a gnothuichean spioradail fèin, làn shaorsa iomlan agus dhìongmholta mar “rìoghachd nach 'eil do 'n saoghal so,” ach a tha o nèamh, agus gu bhì a mhàin air a riaghladh,—ann an teagasg, ann an oidean, ann an oilean spioradail, agus ann an aoradh, a mhàin agus gu h-iomlan, fuidh uachdaranachd Chrìosd a Ceann glòrmhoir fèin; gun riaghailt air bith eile a ghabhail dhì fèin, no 'aideachadh, ach a mhàin fhocal-sa, agus gun ghéilleadh do ùghdarras air bith eile, 'n a cùisibh Spioradail fèin, ach an dòigh-riaghlaidh sin a dh'òrduich Chrìosd, dhì, gu bhì air a chleachdamh “ann an làmhaibh lechd-dreuchd Eaglais, eadar-dhealaichte o 'n uachdaran saoghalta.”

Tha an dà nì bhunaiteach so, eadhon gur h-e dleasdanas an uachdaranaim sireil an Eaglais Chrìosdnìdh a shuidheachadh agus a dhìonadh, agus aig an àm cheudna a làn-shaorsa fèin bhì aig an Eaglais gnì bhì air a riaghladh anns gach aon nì spioradail a mhàin a rèir laghanna Chrìosd air an cur sìos 'n a fhocal, co-sheasmhach maille r' a ehèile, ged fheud euid a ràdh no a smuaineachadh naeh 'eil iad mar sin. Agus b' e a nì àraid as leth an do thagair ar n-aithrichean, gu 'm biodh an dà nì so air an toirt air an aghaidh agus air an suidheachadh ann an làn chòrdadh, a thaobh Eaglais shuidhichte na h-Alba;—gu 'm biodh a dhìon agus a sochairean aimsireil fèin aig an Eaglais ann an nithibh o 'n leth muigh, o 'n uachdaran aimsireil, agus a làn shaorsa fèin anns gach aon nì spioradail aig an Eaglais mar an ceudna, ann an co-sheasmhachd ri inntinn Chrìosd d' a taobh. Agus is e an dara nì dhiubh so, eadhon an t-saorsa iomlan so ann an uile dhleasdanasaiibh spioradail agus 'n a riaghladh fèin bhì aig an Eaglais, mar Eaglais Chrìosd, a bhineas dhì, a tha 's an là an diugh air togail nan ceistean doilghiosach sin tha air éirigh 'n ar Tìr, agus a tha air toirt na h-Eaglais fuidh thrioblaid.

Agus mar so, cha 'n 'eil aon nì air bith a 's cudthromaiche 's a' ghnòthuch air fad, na gu 'n tuigeadh sibh, gu soilleir, glan, cìod e a tha, gun seachnadh, air fhilleadh an so, agus cionnus a tha seasamh na còrach so a' treòrachadh na h-Eaglais gu slìghe a dleasdanas fèin do Chrìosd a leantunn 's an là an diugh, eadar gu 'm feud an t-slighe sin bhì doilghiosach no sòlasach. Is i so dìreach an fhìor phrìomh-bhunait naomh, air am feud Eaglais fhaicsinneach Chrìosduidh bhì air a togail, air a stiùireadh, agus air a riaghladh, a thaobh teagaisg, uachdaranachd, oidcis, agus aoraidh, gu 'n riaghlar agus gu 'n stiùirear i, gu *h-iomlan*, fuidh thoil Chrìosd, agus a rèir ùghdarras fhocal-sa a mhàin, do bhrìgh gur h e e fèin a mhàin a h-uachdaran-sa, agus a Ceann, agus a Rìgh,—a rèir mar tha a thoil-sa foillsichte do 'n Eaglais 's an fhocal;—agus nach feudar leatha, air aon chor 's am bith, no ann an aon nì air bith, cùisean spioradail a rìoghachd-sa a stiùireadh an aghaidh a thoile-sa, mar tha i sin foillsichte, gu

B' e air bith an t-ùghdarras aimsireil leis am feud e bhì air àithncadh do 'n Eaglais, gu 'n rachadh i an aghaidh a thoile-sa. Agus ag amharc air a' ghnothuch 's an fhìor sholus so, chì sibh, mar a tha a' phrìomh-bhunait naomh so, a' taisbeanadh a dleasdanas fèin do 'n Eaglais, anns gach aon ni, mu thimchioll am bheil Crìosd air toirt foillseachaidh dhuinn air a chomhairle fèin.

Mar eisempleir air so,—Ma 's e 's gu 'm bheil Crìosd air a leigcìl ris dhuinn 'n a fhocal, agus gu 'm bheil 'ùghdarras-sa aig an Eaglais gu a shuidheachadh mar riaghailt, agns mar lagh, nach feudar Fear-teagaisg a chur a stigh air coimhthional 's am bith d' a shluagh-sa, an aghaidh an toile; an sin, eha nì ceadaichte do luchd-dreuchd na h-Eaglais, aon duine a shuidheachadh ann an dàimh Fìr-teagaisg os ceann sluaigh, an aghaidh toil' an t-sluaigh sin; eha 'n urrainn do luchd dreuchd na h-Eaglais so a dheanamh a dh' easbhuidh 'ùghdarras Crìosd an Tighearna bhì, le so, air àicheadh leatha. Agus mar eisempleir eile, Ma 's e 's gu 'm bheil e air àithneadh do 'n Eaglais, le focal an Tighearna, luchd-teagaisg a chur as an dreuchd naomh, mn 'm bheil e air a dhearbhadh gu 'm bheil iad a' teagasg mhearachd an àite na fìrinn, no gu 'm bheil iad le caithe-beatha mi-mhodhail, agus neo-chubhuidh do 'n diadhachd agus d' an gairm, ag àicheadh na fìrinn, agus a' toirt maslaidh do aobhair Crìosd; an sin, a thaobh an leithid so, cha 'n fheud luchd-dreuchd na h-Eaglais gun bhreth a thoirt a mach 'n an aghaidh; ma dhearmadar so le luchd-dreuchd na h-Eaglais, no ma sheachnar leo so a dheanamh, tha iad le sin a' briseadh laghanna rìoghachd Crìosd; agns ma tha an luchd-dreuchd dìlcas dha-san, agus d' a aobhair, cuiridh iad an leithid sud as an dreuchd, a dh' aindeoin mar thoirmisgear dhoibh e le 'ùghdarras no le uachdaranachd aimsireil air bith. So agaibh eisempleirè, ma ta, air dleasdanasaidh spioradail, a thaobh nach 'eil còir aig an uachdaranachd aimsireil tighinn a stigh, no riaghailt a dheanamh do 'n Eaglais mu thimchioll. Agus mar aon eisempleir eile, ma 's e 's gu 'm bheil e air àithncadh do 'n Eaglais, mar gu cinnteach gu bheil, ann am focal Dhé, an Soisgeul a shearmonachadh “do gach dùil;” agus ma tha e mar fhiachaibh air an Eaglais searmonachadh an t-soisgeil a sholar, gu h-àraid air son an t-sluaigh uile a shmidhicheadh fuidh a riaghladh; an sin cha 'n fheud i, gun 'ùghdarras Crìosd bhì air 'àicheadh leatha, an dleasdanas so a leigeil uaithe; agus 'n uair thoirmisgear so dhi, leis an uachdaranachd aimsireil, is e an t-aon fhreagradh tha aice do gach toirmeasg is bagradh an aghaidh an t-soisgeil bhì gu saor air a shearmonachadh anns gach aon chèarna d' ar Tìr, “Is còir géill a thoirt do Dhia nì 's mò na do dhaoinibh.”

Tha na h-eisempleire so-thuigsinn so, tha sinn a' toirt dhuibh, nì 's leòr gu a nochdadh dhuibh mar tha an teagasg naomh so, eadhon àrd-nachdaranachd Crìosd os ceann a Rìoghachd spioradail fèin, 'n a nì aig am bheil r' a dheanamh gu sònruichte ri h-ìomadh ceist chudthromach, a thaobh dhleasdanas na h-Eaglais 's an là an diugh, mar anns na h-uile linn; agus tha sinn an dòchas, ag amharc air a' ghnothuch 's an fhìor sholus so, gu 'm breithnich sibh a' phrìomh-bhunait naomh so, agus gu measar leibh i mar nì naomh agus diadhaidh, an aghaidh nach urrainn do luchd-dreuchd na h-Eaglais nì 's am bith a dheanamh, gun pheacachadh an aghaidh Crìosd, ann an giùlan air aghaidh, aoradh, riaghladh, oideas, agus oilean na h-Eaglais; agus gu 'n feum iad sin uile bhì air an cleachdamh a réir toil' agus focail Crìosd, a dh' aindeoin doilghis a dh' fheudas tighinn air luch-dreuchd na h-Eaglais, air sgàth Crìosd agus 'ùghdarras agus uachdaranachd-sa bhì air an tagradh agus air an seasamh leinn. Is esan “am buachaille maith;” agus mar bhithheadh e 'n a bhriseadh air a lagh-sa, 'na dhiùltadh air 'uachdaranachd-sa, nì 's am bith bhì air a dheanamh le luchd-dreuchd na h-Eaglais an aghaidh a thoile, chì sibh fèin, gu 'm bhithheadh so mar ceudna, na 'n aontachadh luchd-dreuchd na h-Eaglais leis, 'n a dhochann agus 'n a choire d' a shluagh-sa, mar bhull a'

chuirp dhìomhair; oir a ta a Spiorad fèin a' cur an céill dhuinn, gur h-ann a chum so, a thugadh le Crìosd, mar thiodhlacaibh a choisinn e, do 'n Eaglais, luchd-dreuchd, eadhon, "chum togail suas cuirp Chrìosd, gus an tig sinn uile ann an aonachd a' chreidimh, agus eòlais Mhic Dhé, chum duine iomlain, chum tomhais àrde lànachd Chrìosd, chum 's nach bi sinn á so suas 'n ar leanabaibh, air ar tonn-lnasgadh, agus air ar giùlan mu 'n cuairt leis gach uile ghaoith teagaisg, le cleasachd dhaoine, agus seòltachd chealgach, leis an bheil iad gu h-innleachdach ri feall-fholach chum-meallaidh: ach a' labhairt na firinn ann an gràdh, gu 'm fàs sinn suas anns na h-nìle nithibh chuige-san, a 's e an ceann, eadhon Crìosd: o 'm bheil an corp uile, air a cheangal gu ceart, agus air a dhlùthachadh tre an ni sin a tha gach alt a' toirt uaith, a rcìr oibreachaidh éifeachdaich ann an tomhas gach buill, a' faghail fàs cuirp, chum a thogail fèin suas ann an gràdh." *Ephes. iv. 12-16.*

Is ann as leth, agus air sgàth na prìomh-bhunaite naomh so, tha Eaglais na h-Alba a h-ann na là an diugh air a gairm gu bhì a' fulang dhenchainn. Agus a chum 's gu 'm breithnicheadh sibhse, a Ghàirdean ionmhuinn, mar is cubhaidh, cia co chudthromach 's a tha an gnothach mòr agus urramach so, agus gu 'm beothaichear sibh gu bhì a' seasamh air taobh Chrìosd agus 'aobhair; tha sinn a' guidheadh oirbh a chuimlineachadh, gur h-ann air sgàth na dearbh phrìomh-bhunait cheudna, a thagair agus a sheas bhur n-aithriche diadhaidh 's na linnibh a chaidh seachad; is ann as leth so a chathaich, agus a dh'fhuiling, agus a chaidh iomadh dhuibh a chur gu bàs.

An ruig sinn a leas a chur an cuimhne dhuibh, co fhad air ais 's a' bhliadhna 1571,—'n uair bu mhaireann fathast Eoin Nocs, mar a bhagair Iarla Mhortoin, agus Iarla Mhàrr, àrd-cheannas a ghlacadh os ceann na h-Eaglais, nach robh an uair sin 'n ar Tìr, ach mar fathast an làithibh a leanabachd, agus an toil fèin a dheanamh 'n a riaghailt dhi, air dhoibh an uachdaranachd aimsireil bhì aca 'n an làmhaidh fèin; agus mar sgrìobh an duin' nasal urramach agus diadhaidh sin (*Mr Airstein, Tighearna Dhùin*), a chum na Ban-rìgh a bha a' riaghladh 's an àm, mar so, "Tha nachdaranachd spioradail ann, ùghdarras a thugadh le Crìosd d' a Eaglais, agus d' a luchd-dreuchd; agus tha uachdaranachd aimsireil ann, agus ùghdarras a thug Dia do Rìghribh agus do bhricithe-aimhnaibh talmhaidh. Tha iad sin le 'chéile, 'n an cumhachdaibh a tha o Dhia, agus is ro-bhuannachdail an dithis gu bhì a neartachadh a chéile, ma 's e agus gu 'n clachdar iad le chéile gu h-ìomchuidh. Ach an uair a thig truailidh-eachd nàduir an duine a stigh, a' deanamh mi-bhreithneachaidh air nàdur nan dreuchdan air leth so, an t-uachdaran aimsireil ag iarraidh ùghdarras dha fèin, a réir a thoile fèin, ann an nithibh spioradail Rìoghachd Chrìosd, gun sùim bhì aige do'n deadh òrdugh sin a shuidhicheadh le Dia, an sin tha mi-riaghailt a' leantuinn anns gach imbe d' an dithis le 'chéile. Bu chòir do Eaglais Dhé an uachdaranachd agus an t-ùghdarras aimsireil a neartachadh anns gach ni laghail agus ceart, do bhrìgh gur h-e òrdugh Dhé iad; ach 'n uair leumas an t-uachdaran aimsireil crìochan a ghairme fèin, agus a bhreiseas e a stigh do naomh-ionad an Tighearna, a' gabhail r' a dheanamh ri nithibh nach bun dha, ach a bhuneas a mhàin do luchd-dreuchd Eaglais Dhé; an sin, feumaidh Eaglais Dhé cur an aghaidh na h-oidhirp a nithear gu neo-chubhaidh leis an uachdaran aimsireil; oir mar sin tha e air 'aithneadh dhoibh le Dia a dhèanamh." No, an ruig sinn a leas a chur 'n ur cuimhne, a rìs, 's a' bhliadhna 1582, 'n uair a shuidhicheadh Raibeart Montgomaraidh, mar àrd-Easbuig Ghlascho, agus 'n uair chleachd rìgh Scumas innleachdan ainncartach an aghaidh na h-Eaglais, a chum an duine truagh ud a dhìonadh 'n a dhreuchd, a ghabh e air fèin an aghaidh na h-ùmh-lachd a mhìonnaich e a thabhairt do Eaglais na h-Alba; mar a chuireadh a dh' ionnsuidh an Rìgh agus a chomhairle o Ard-Sheanadh ar n-Eaglais, an teachdaireachd so a leanas, mar so. "Gu 'm bheil an Rìgh a' gabhail air fèin, fuidh threòrachadh chomhairlichean àraid, uachdaranachd agus ùghdarras spioraduil, a bhuneas a mhàin do Chrìosd, mar aon Rìgh, agus mar aon

Cheann na h-Eaglais, agus o am bheil frithealadh agus gnàthachadh na h-uachdaranachd agus an ùghdarras sin air an tabhairt a mhàin do luchd-dreuchd, an taobh stigh do 'n Eaglais féin; agus mar so, gu 'm bheil cuid ag oidhir-peachadh Papanachd nuadh a chur air chois ann am pearsa an Rìgh, mar nach b' urrainn do 'n Rìgh bhì 'n a uachdaran os ceann na Tìre so, a dh' easbhuidh a' chlaidheamh spioradail co maith 's an claidheamh aimsireil bhì air a chur ann an làmhaibh an Rìgh;—mur a spònar o Chrìosd ùghdarras nèamhaidh féin, agus gu 'm bi an dà uachdaranachd air an toirt gu miriaghailt iomlain, nìthe a roinn agus a dhealaich Dia o 'chéile, mur a bi so air a bhacadh do 'n Rìgh, cuirear as do 'n fhìor-dhiadhachd air fad, 'n ar Tìr." No, an ruig sinn a leas a chur an cuimhne dhuibh, an déigh do Phàrlamaid na h-Alba na Reachda sin a chur a mach, ris an abrar na *Reachda Dubha* (*the Black Acts*), 's a' bhliadhna 1584; a thug thàiris do làimh an Rìgh ard-uachdaranachd bhì aige 'n a phearsa féin anns na h-uile cùis agus gnothuch air bith, eadar gu 'm bu chùisean aimsireil no spioradail iad, gu 'n do chuir-eadh na *Reachda Dubha* so a thaobh, 's a' bhliadhna 1592, le Reachd eile a rinneadh leis a' Phàrlamaid, a' cur an céill, nach bitheadh nì 's fhaide, cumhachd no ùghdarras 's am bith aig an Rìgh, no aig an uachdaranachd aimsireil fuidh 'n Rìgh, buintinn air aou dòigh ri socharaibh spioradail na h-Eaglais, no ri luchd-dreuchd na h-Eaglais, ann am frithealadh an dleasdanas mu nìthibh spioradail, ann an teagasg, no a thaobh creidimh agus saobh-chreidimh, ann an ascaoin Eaglais, no ann an Luchd-teagaisg a chur a stigh, no a chur as an dreuchd, no ann am breth 's am bith a bheireadh an Eaglais a mach ann an nìthibh spioradail tighe Dhé, a réir fhocail Dhé;—nach feudadh, o sìn a mach, an Rìgh, no uachdaranachd aimsireil air bith, buintinn riutha. Agus 's a' bhliadhna 1596, 'n uair a dh'oidhirpicheadh a rìs, an t-saorsa spioradail so a bhuineas do 'n Eaglais a reir ùghdarras Chrìosd, a thoirt uaipè,—mar a chaidh an duine gaisgeil sin *Andru Melbhill* a chum an Rìgh, agus a thubhairt e ris; “ Le do chead, a Rìgh, mar a dh'innis mi dhuit aig ìomadh àm roimhe, mar sin feumaidh mi nis a rìs innscadh dhuit, gu 'm bheil dithis Rìghrean an Alba; tha Rìgh Seumas ann, ceann na rìoghachd agus na h-uachdaranachd aimsireil; agus tha ann, Iosa Chrìosd, Rìgh na h-Eaglais, d' am bheil Rìgh Seumas 'n a òchdaran, agus ann a rìoghachd nach feud Rìgh Seumas no rìgh aimsireil air bith cile bhì 'n a rìgh, no 'n a uachdaran, no 'n a thighearn, no 'n a cheann, ach a mhàin 'n a bhall.” “ Le do chead-sa, a Rìgh, innseam dhuit,” arsa Mr. Melbhill, “ tha aig an luchd-dreuchd d' an d' thug Chrìosd ùghdarras bhì a' deamhan faire or ceann 'Eaglais féin, agus a tha air an gairm leis a chum so, an ùghdarras naithe-sa a bhì a' riaghladh a rìoghachd agus a thighe, an ceann a chéile, agus mar luchd-dreuchd air leth, nì nach feud Rìgh no Prionnsa talmhaidh air bith a ghlacadh dha féin, no a fhrithealadh, ach a dhònadh, agus a dhaingneachadh ann an làmhaibh an luchd-dreuchd ud, no cha 'n òchdaranaisbh ùmhail do Chrìosd an sìn na rìghrean nach dean mar so, agus cha mhò is buill dhìleas iad d' a Eaglais. Bheir sinn dhuitse, a Rìgh, t' ionad agus t' inbhe féin, agus gach ùmhachd chothromach; ach a rìs, deirean, cha tusa Ceann na h-Eaglais, cha chomasach thusa a' bheatha mhaireannach sin a thoirt dhuinn a tha sinn ag iarraidh, 's an t-saoghal so, mar an aon nì feumail, agus cha mhò is urrainn duit a toirt uainn.” No, am feumail dhuinn a rìs, a chur an cuimhne dhuibh, 'n uair a ghairmeadh Mr. *Blac*, ministèir am Baile mòr *Chill-ribhinn* (*St. Andrews*) mu choinneamh na h-àird chomhairle, mar a thubhairt an duine glèic, diadhaidh, suidhichte sin, *Raibeart Bruce*, a' freagairt an làthair na h-àird chomhairle as leth nam ministèirean, “ Na 'm bu nì so,” arsa esan, “ a bhuineadh do bheatha *Mìr. Blac* a mhàin, no do bheatha dà fhear dheug no mar sin, a thuilleadh air cha smuainicheadh sinn e bhì ach 'n a nì beag an coimeas ri so; ach, do bhrìgh agus gur h-ann as leth saorsa an t-Soisgeil tha sinn air ar gairm, agus as leth uachdaranachd spioradail an Tighearn Iosa;—do bhrìgh agus gur h-

iad sin air am bheil sibh à toirt ionnsuidh; cha 'n urradh dhuinn géilleadh dhuibh, ach enr an aghaidh na h-uile ceum a ghabhar leibh 's an ionnsuidh so a thoirt, cadhon a dh'ionnsuidh na cuid a 's iomallaiche, cadhon a chum ar beatha a chall."

No am feumail fathast dhuinn a chur an cuimhne dhuibh, an litir dhruidh-teach, shimplidh, agus chudthromach sin, a sgrìobhadh le *Mr. Iain Ualsh*, 's a' bhliadna 1606, 'n uair bha e ann am prìosan air sgàth na fìrinn, ann an Caisteil ris an abrar *Blackness*;—tha e ag ràdh mar so,—“Cò mise, gu 'n gairmteadh *Leis-san* mi, 's a' cheud àit, agus an sin gu 'n suidhichteadh leis mi, mar mhinisteir sgeil aoiabhneich Shoisgeil na slàinte, fad nan cùig bliadhna deug so a chaidh seachad; agus a nis mu dheireadh, gu bhì 'n am fhear-fulang as leth 'aobhair agus a rìoghachd féin, chum fianuis a dheanamh do 'n deadh aidmheil sin, *gur h-e Iosa Criosd Rìgh nan naomh, agus gur rìoghachd ro shaor a rìoghachd-sa*; scadh, gu 'm bheil i co saor, 'n a laghannaibh féin, ri aon Rìoghachd fuidh nèamh, cha 'n e a mhàin gu a coinnimhibh féin a ghairm an ceann a chéile, an cruinneachadh, agus an cumail, agus a h-Ard-Sheanaidhean; ach a chum mar an ceudna breth a thoirt 'n a h-uile chùisibh féin, 'n a coinnimhibh, agus 'n a comh-ghairmibh féin, a measg a buill féin, is iad uile ìochdaranaibh Chrìosd, agus a tha fuidh 'uachdaranachd, cha 'n ann do dhaoibh anns na nithibh spioradail so, ach a mhàin do Chrìosd, ann an Eaglais shaor, air a riaghladh le luchd-dreuchd, a réir 'fhocail-sa. An dà phonc so, 's a' cheud àit, gur h-e Chrìosd Ceann na h-Eaglais; 's an dara h-àit, Gu 'm bheil an Eaglais aig làn shaoras, 'n a riaghladh féin o gach uil' uachdaranachd cile, ach a mhàin uachdaranachd Chrìosd,—'s iad so an dà phonc (deir *Mr. Ualsh*), air son an do chuireadh an prìosan sinn, air dhuinn a nis, breth bhì air a thoirt 'n ar n-aghaidh, mar luchd-deanaimh an uile, do bhrìgh 's gu 'n d'fhuaircadh sinn a' tagradh an dà ni sin. Tha sinn (tha e ag ràdh), a' feitheamh le-h-aoiabhneas, gu fianuis dheireauach ar fola a thabhairt, mar dhaingeachadh air an dà ni ud, ma 's e 's gu 'm bu toigh le Dia bhì co fàbharach dhuinn, 's gu 'n cuireadh e an t-urram sin oirnn, le ar fuil, an fhianuis sin a thabhairt." No, fathast, nach feud sinn a chuimhneachadh dhuibh, cia mar anns an ànsir fhada mhuladaich a lean, an déigh do *Mhr. Ualsh* bhì air a chur am prìosan, an uair a bha Tuath agus Ceathairne ar Tìre air an gairm gu am fianuis a sheuladh le am fuil, ann an aideachadh nam fìrinnean ceudna,—'s a' bhliadhna 1681, a thugadh chum na croiche air son so, le luchd geur-leanmhuinn an-ìochdmhor, boirionnach òg, *Mairearad Harbhaidh*, agus gun i fathast fichead bliadhna dh' aois, maille ri a ban-choimhearsnach, *Iseabail Ailisan*, an déigh dhoibh an treas Salm thar fichead, agus an Ceathramh Salm thar ceithir fichead a sheinn,—a ghlaodh *Mairearad Harbhaidh*, “Tha mi air tighinn an so an diugh, a chionn mi bhì ag aideachadh Chrìosd mar Cheann 'Eaglais féin, agus mar an Rìgh ann an Sìon!” Agus 's a' bhliadhna 1685, *Mairearad Ualson*, ann an aois nan ochd bliadhna deug, 'n uair a cheangladh ri post i, air tràigh na mara, maille ri sean bhantrach bhoehd a thug aoidheachd dhi, 's an uair chaidh am fàgail mar so, aig uisge *Bhladnoic*, agus mar bha an làn a' tighinn air aghaidh, agus 'g an cuartachadh timchioll gu mall, agus a chunnaic am boirionnach òg so, a ban-charaid aosda mu dheireadh a' dol as an t-sealladh, a ghlaodh i,—“Cìod e a chì mi, ach Chrìosd ann an aon do bhuil a chuirp dhìomhair féin, a' gleachdadh, an sin! Am bheil sibh a' smuaineachadh (ars ise), gur sinne a tha a' fulang? Cha sinn, cha sinn! is e Chrìosd, ann-ainne!”

Tha sinn, a Chàirdean, air na nithe so a chur an cuimhne dhuibh, mar bheagan a dh' eisimpleiribh a mach á àireamh ro mhòr d' an leithid ceudna, a dh' fheudadh sinn a thoirt air aghaidh, a nochdadh dhuibh, gu 'n d' éirich an deuchainnean cruaidhe féin agus a' gheur-leanmhuinn a ghiulain iad, d' ar n-athrichibh, ann an àmaibh an Ath-leasachaidh, o 'n aobhar so,—iad bhì a'

seasamh agus a' tagradh,—an teagaisg so,—prìomh-bhunait so na h-Eaglais fhaicsinnich, gur h-e an Tighearn Iosa, agus esan a mhàin, Rìgh agus Ceann a rìoghachd spioradail féin; agus a chum 's gu 'n taisbeinteachd mar so, ni is e gu frinneach ann an suidheachadh agus ann Eachdraidh Eaglais na h-Alba, anns am bheil a fìor-ghloine, mar Eaglais Chrìosd air a nochdadh gu sònruichte. Chuireadh gu cinnteach air ar n-Eaglais an t-urram so, gu 'n do thagair agus gu 'n do chathaich i, ann an tommas eo-ionann, air son theagasg an Chroinn-cheusaidh-sa, agus air son urrainn sìorruidh a Chrùn-sa, mar an t-aon Eadar-mheadhonair, agus an t-aon Rìgh os ceann 'Eaglais féin. Agus is e so a tha aig ar n-Eaglais gu h-àraidh mar urram agus mar chliù sònruichte, a measg uil' Eaglaisean an Ath-leasachaidh. As a leth so,—eadhon, àrd-uachdaranachd Chrìosd os ceann 'Eaglais féin, a' fillleadh ann, mar tha an teagasg a' deanamh, araon saorsa a luchd-dreuchd, agus sochairean spioradail a sluaigh,—sheas ar n-Eaglais, a' geur-chathachadh ri cumhachdaibh an t-saoghail so, ann an geur-leamhuinnibh teinnteach, agus fuidh iomadh chruaidh-dheuchainn, agus an robh a h-oidhirpean mu dheireadh, ann am freasdal gràsmhor Dhé, air an crùnadh le buaidh, agus gu 'n deachaidh na prìomh-bhunaitean naomha so aideachadh dhi, leis an uachdaranachd aimsireil, a bhi aice, anns gach linn ri tighinn, mar phrìomh-bhunaitibh a suidheachaidh, 'n ar Rìoghachd; agus cha 'n e a mhàin gu 'n deachaidh an aideachadh, ach dhaingnicheadh dli iad le Lagh agus Reachdaibh na Rìoghachd, mar tha e ann an Leabhar aicheadh ar Creidimh (*Caib. xx.*), “ Is e Dia a mhàin is uachdaran air a' choguis, agus dh' fhàg e saor i o theagasg agus o àitheantaibh dhaoine a ta ann an ni 's am bith an aghaidh 'fhocail, no fos a thuilleadh air an fhocal, ann an cuisibh creidimh no aoraidh.” Agus (*Caib. xxx.*) “ Dh' òrduich an Tighearn Iosa, mar Rìgh agus Ceann na h-Eaglais, uachdaranachd bhi innte, ann an lamhaibh luchd-dreuchd Eaglais, eadar-dhealichte o 'n uachdaran shaoghailta:” agus a ris (*Caib. xxx.*), “ Ris an luchd-dreuchd so, tha iuchraichean rìoghachd nèimhe air an earbsadh;” agus a ris (*Caib. xxiii.*), “ Cha chòir do 'n uachdaran shaoghailta gabhail air féin frithcaladh an fhocail, no nan Sacramaintean, no comas iuchraichean rìoghachd nèimhe.” Ri tagradh nam prìomh-bhunaitean naomh agus urramach so, mar shàr-bhunaitean ar n-Eaglais shuidhichte, chathaich bhur n-aithrichean, o thoiseach an Ath-leasachaidh; agus air do na teagasgaibh naomha so bhi air an seuldadh le fianuis an fola-sa, choisneadh, agus thugadh dhuibhse iad thairis mar dhìleab, agus mar ionmhas ro-luachmhor, air an daingneachadh le h-ùghdarras Parlamaid na Rìoghachd, agus fuidh chreideas a' Cho-chòrdaidh agus a' Cheangail sin a rinneadh cadar Rìoghachd Shasunn agus Rìoghachd na h-Alba, 'n uair a dh' aonadh iad 'n an aon Rìoghachd 's a' bhliadhna 1707. Is ann dhuibh-se agus do bhur cloinn, agus do chloinn bhur cloinne a dhaingnicheadh, gu 'm bitheadh an Eaglais so agaibh, a réir so, agus aca-sa, 'n a teagasgaibh, agus 'n a sochairibh so uile, mar chòir-bhreith naoimh, choisrigte. Agus 's an là anns am brisear a stigh air na daingneachaibh so, agus a thig an uachdaranachd aimsireil gu bhi a' riaghladh os ceann na h-Eaglais, ann an nithibh spioradail,—bithibh-se cinnteach á so, nach fad an ùine gus am bi an Soisgeul sìorruidh air a thruaillleadh 'n ur measg, air 'fholach uaibh, anama dhaoine air am mealladh, agus air an call; gheibh Luchd-teagaisg ann a leithid sin do Eaglais thruaillidh, an cuid shaoghailta féin gu pailt; agus gheibh iad uaibh-se e, olc air mhaith leibh, agus nithear a leithid sin do Eaglais 'n a daorsa,—'n a h-ullaich, agus 'n a slat-sgiùrsaidh dhuibh, eadhon ann an nithibh aimsireil féin; agus atharraichear an coimleir as 'àite, agus bithidh tiugh-dhorchadas spioradail air aghaidh na Tìre. An i sin, ma ta, an oighreachd a dh' iarradh sibh dhuibh féin, d' cloinn, agus do chloinn bhur cloimne?

Tha an t-ionad a tha aig na teagasgaibh a dh'ainnich sinn ann an co-shuidheachadh ar n-Eaglais, agus 'n a h-Eachdraidh uile, co soilleir, agus gu

'm bheil Fear-eachdraidh a sgrìobh o cheann ghòirid, air dha bhi a' labhairt mu Eaglaisibh àraid eile, a' cur a làimh air na teagasgaibh àraid uo, mar àrd-urram shònruichte ar n-Eaglais-ne, a thugadh dhi troimh mhaitheas Dhé, agus ag ràdh, " Is i a' phrìomh-bhunait 'n a suidheachadh, agus 'n a teagasg, a dh' oidhirpich Eaglais na h-Alba a chumail, a dhìonadh, agus a dheanamh aithnichte,—Gur h-e an Tighearn Iosa Crìosd, a mhàin Rìgh agus Ceann na h-Eaglais; agus o so tha a' leantuinn, gu 'm bheil òrduchadh, riaghailtean, agus stiùireadh na h-Eaglais sin, air an tarruing uaithe-sa a mhàin troimh fhòcal féin, agus gu 'm bheil iad so uile, eadar-dhealaichte o 'n uachdaranachd aimsireil, gun smachd 's am bith bhi aig an uachdaran aimsireil os a ceann, ann an nithibh spioradail." Agus tha aon do na h-aithrichibh urramach a' deanamh iomraidh air an nì cheudna, mar fhurthealadh àraid maitheas an Tighearna do Eaglais na h-Alba; ag ràdh mar so, "A thuilleadh air an Tighearn bhi a' toirt le dearbhachdaibh soilleir, a ghnùis féin do shearmonachadh an t-Soisgeil innte, 'g a dheanamh sin éifeachdach ann an iompachadh pheacach, agus ann an togail suas a shluaigh féin, an tomhas co pailt 's a rinneadh leis ann an aon air bith do na h-Eaglaisibh ath-leasachichte,—thoilich an Tighearn o thoiseach an Ath-leasachaidh, *seirbhis àraid* a chur ann an làmh aibh a sheirbhiseach féin 's an tìr sin, nach d'fhuair Eaglaisean eile air dhòigh co soilleir; eadhon, mar a thagràdh, agus a rinneadh cathachadh, agus mar bha iomadh fulangas air a ghiulan, ann an dreuchdan Chrìosd mar Fhàidh, agus mar Shagart a nochdadh, a sheasamh, agus a dhearbhadh;—mar sin, gu 'n seasadh an Eaglais so air mhòd àraid *air son a dhreuchd Rìghail*, agus gu 'n cathaichadh i air son so: gu 'm biodh e air a nochdadh innte-sa, gur h-e Crìosd, cha 'n e mhàin gu dìomhair, 's an leth stigh, Ceann spioradail fhìor Eaglais féin; aeh gu 'n aidichteadh innte-sa, Easan, o 'n leth muigh mar an ceudna, mar Cheann spioradail na h-Eaglais fhaicsinnich, do cho-chruinneachadh a luchd-aideachaidh air fad, mar an t-aon Fear-tabhairt lagha; a' buileachadh, uaithe féin air a luchd-dreuchd ùghdarras an taobh stigh d' an Eaglais féin, gach coinneachadh a chum aoraidh, agus a chum riaghlaidh agus oideis innte, agus uil' òrduighcan a thighe a fhurthealadh a réir fhòcal féin: nach biodh deas-ghnàth no *innleachd air bith* o làmh-aibh dhaoiné, no air ùghdarras duine, no a tha a dh' eashbuidh làn-ùghdarras Chrìosd air a thoirt a stigh d' a aoradh innte, no dreuchd air bith a bhhi air òrduchadh 'n a thigh innte, ach a mhàin mar a chomaraich 's a dh' àithn e féin 'n a fhocal. Agus ged tha seirbhisich Chrìosd 's an Eaglais sin, gu an ùmhlachd a thaisbeanadh do òrdugh Dhé anns an uachdaranachd aimsireil, agus mar tha so air a dheanamh leo, ge b' e àit anns am bheil iad, mar òchdaran aibh aimsireil air bith eile, gun iad bhi ag àicheadh dhoibh sin ùmhlachd no urram 's am bith a dhlighear dhoibh; gidheadh, 'n an co-chruinneachaidhibh, 'n an riaghladh 's an Eaglais, cha 'n eil iad fuirdh làimh no fuirdh smachd aig uachdaranachd aimsireil air bith. B' iad sin agus an leithid sin do phrìomh-bhunaitean suidheachaidh, agus teagaisg, agus òrduigh 's an Eaglais fuirdh uachdaranachd Chrìosd a mhàin a sheas agus a thagair *Mr. Nocs, Mr. Ualsh, Mr. Brus*, agus iomadh eile;—is ann air son an leithid sin do shocharaibh spioradail, a dh' fhàinig an dream urramach sin air talamh, a tha a nis a' dealradh ann an glòir."

A' cuimhneachadh dhuinn nan nithe so, a Chàirdcan gràdhach, agus 'g an tabhairt fainear, mar tha siun an dòchas gu 'm bheil sibhs e a' deanamh mar an ceudna, ann an spiorad a' chreidimh, cha 'n urrainn sibh ach a bhli a' creidsinn maille ruinne, gu 'm bheil e mar fhìachaibh oirnn ann an coguis, mar luchd-dreuchd na h-Eaglais, na prìomh-bhunaitean so a bhineas dh'i agus a tha air an cur sìos 'n a laghaunaibh agus 'n a riaghailtibh féin, a réir fìrinn Chrìosd, a sheasamh, agus a thagràdh, a dh' aindeoin gach doilgheis, agus an aghaidh gach cruadail a dh' fheudas tighinn oirnn an lorg so: oir bhionnaich sinn gu 'n deanadh sinn so,—chuir sinn ar làmh ri so gu h-àraid,

'n uair a shuidhicheadh sinn ann an dreuchd naomh na ministreileachd :—agus a réir so uile, mar an ceudna, tha e mar fhiachaibh oirbh-se, mar bhuill na h-aoin Eaglais air mhodh àraid, faire a dhcanamh le h-eud, agus seas-mhachd mhisneachail, gu 'n cuireadh sibh an aghaidh na h-uile ionnsuidh a bheirear, air an t-saorsa agus na sochairean spioradail sin a bhuiutinn uaibh, a shealbhaich sibh mar bhur còir-bhreith, agus mar luchd-àiteachaidh bhur dùthcha,—gu 'n deanadh sibh so, air gach doigh laghail. Agus air dhuinne chreidsinn, an uair tha na sochairean so air an cur ann an cunnart, ionnsuidhean air an deanamh orra, gu bhli 'g am buintim air falbh uaibh, gur h-e dleasdanas an luchd-faire air ballaibh Shìoin an trompaid a shéideadh, agus rabhadh a thoirt do 'n t-sluagh, tha sinn air ar co-éigheachadh 'n ar spiorad a chum sìth d' ar coguisibh féin, agus a chum dìon' do na sochairibh luach-mhor sin a shealbhaich sibhse o bhur n-aithrichibh, a chur an céill dhuibh mar làn-dhcarbhadh ar tuisge féin, nach robh riamh, aig am 's am bitì a chaidh seachad, ann an eachdraidh Eaglais ar Rìoghachd, saorsa spioradail na h-Eaglais, no sochairean spioradail a coimhthionalan ann an gabhadh co ro mhòr 's a tha iad aig an dearbh uair so. Dh'fhèudadh e gu cinnteach amh-are dhuibh, mar ni do-dhèanta, an déigh na bnaidhe a thugadh do bhur n-aithrichibh, anns na làithibh o shean, ann an amaibh an Ath-leasachaidh, 'n uair, mu dheireadh gu 'n do réiticheadh, 's gu 'n d' aontaicheadh do ar n-Eaglais, 's gu 'n do dhaingnicheadh le Reachdaibh na Rìoghachd dhuibh, na sochairean sin air son an do thagair 's air sou an do chathaich iad gu fuil; agus gu 'n robh riaghladh na h-Eaglais air an làn-dhaingneachadh, gun chòir idir tuilleadh bhì air a fàgail do 'n uachdaranachd aimsireil tighinn a stigh agus sochairean agus suidheachadh na h-Eaglais a thilgeadh bun os ceann,—gu biodh ionnsuidh am feasd tuilleadh air a toirt 'n an aghaidh so; sochaircan a bha co daor air an cosnadh, eadhon ann an seadh aimsireil féin, agus a bha co dian air an daingneachadh. Chuireadh as gu tur, o cheann fada, do àrd-uachdaranachd a' Chrùin aimsireil, ann an cùisibh na h-Eaglais; no, ann am briathraibh eile, gu 'm feudadh an Rìgh, no a Bhan-rìgh, a dhcanamh ri Eaglais na h-Alba mar a thogradh iad, uo le an luchd-comhairle:—chuireadh as gu tur do 'n ainneart siu, le Lagh na Rìoghachd: agus tha cùrtean na h-Eaglais air an aideachadh ann an Reachdaibh na Rìoghachd, agus cha 'n e a mhàin Lagh na Rìoghachd ag òrduchadh bhì 'g an dìonadh, ann am frithealadh an dleasdanasa spioradail; ach mar an ceudna làn éifeachd a thoirt, air mhodh aimsireil, do am breth: agus gidheadh, a dh'aindeoin sud uile, a' cheud uair o thilgeadh a mach na *Strubhartach* o 'n rìgh-chaitir, 's o thàinig Rìgh Uilleam an treasamh a stigh, thugadh a nis Eaglais na h-Alba gu a leithid do chor, le Cùirtibh lagha, 's nach 'eil aon sochair a bhuineas dhì mar Eaglais, no aon saorsa no sochair a bhuineas d' a buill ait leth, no d' a coimhthionailibh, nach 'eil anns a' chunnart a 's mò bhì air am buintinn air falbh uainn; agus sin, do brìgh gu 'n d'fhuaircadh an Eaglais a' dlùth-leantuinn nam prìomh-bhunaitean sin, agus 'g an seasamh, a dhaingnicheadh dh' i le Reachdaibh na Rìoghachd; gu 'n d' fhuaircadh i a' seasamh nan còraichean air son an d' fhuiling bhur n-aithriche 'g an toirt a mach; nithe nach feud luchd-dreuchd na h-Eaglais àicheadh, gun fhianuis ar n-aithrichean àicheadh, gun bhur n-aobhar-sa a bhrath, no, os ceann gach ni, gun pheacachadh an aghaidh an Tighearna.

Is ni ro-chudhthromach dhnibh do rìreadh, a Bhràithrean ionmhuinn, gu 'n glacadh sibh beachd shoilleir agus chothromach mu fhìor chor ar n-Eaglais, a thaobh nan cùisean so, agus mu na nìthibh air leth sin troimh an d' thugadh i gus na deuchainnean cruaidhe agus a' ghàbhaidh sin leis am bheil i a nis air a cuartachadh. Tha fios agaibh gur h-e a their a naimhdean, gu 'm bheil na doilgheasan agus na gàbhaidhean so uile air tighinn oirre le a mìghiulan féin, leis an riaghailt sin a chur air chois, 's a bhliadhna 1834, mu thimchioll na dòighe am bu chòir do mhinistreibh bhì air an *gairm* leis a'

enoihthional, no an eoihthional a dh' aontachadh leo, roimh dhoibh bhi air an suidheachadh mar luchd-teagaisg ann an Sgìreachdaibh, no ann an coimhthionailibh air leth. Their iad ribh gu bheil na deuchainnean so air tighinn air an Eaglais do bhrìgh 's gu bheil a luchd-dreuchd a' nochdadh a leithid do sheasmhachd, no mar their iad sud, a leithid do *reagachd* ann an leantuinn ris an riaghailt ud, an déigh do na Cùirtibh aimsireil a chur an céill gu 'm bheil an riaghailt ud nco-laghil do 'n Eaglais. Ach ged fheud an cumtas so mu 'n ghnòthuch intinnean faoine, dìomhain, a riarachadh, agus aig nach 'eil suim do chùisibh no do shochairibh na h- Eaglais, cha riarach an t-ìomradh so daoine glice, suidhichte :—agus nithcar leibh, tha sinn an dòchas, an tombas ceartais so ri gliocas, agus ri dìlseachd mhinistirean agus fhoirfeach na h- Eaglais, 's gu 'n creid sibh nach ann gu bras, eu-céillidh iad a chur sochairan, agus tèaruinteachd na h- Eaglais shuidhichte an gabhadh,—nithe a tha do rìreadh a' fìlleadh anna leas na Tìre air fad, 's an t-seadh a 's àirde 's am bith, agus an uile shochairan aimsireil féin mar an ceudna, ann an còmhstri gun aobhar ri Cùirtibh-lagha, no air sgàth aoin riaghailt air bith air a deanamh leotha féin, a bhiodh comasach dhoibh a leigeil dhiubh, no a chur air cùl le coguis ghlain, no gun chionta. Bha, agus tha, luchd-dreuchd na h-Eaglais, làn-thoileach an riaghailt ud atharrachadh, 's e sin, a toirt gu cumadh 's am bith a choisneadh dh' i dìon an lagh' aimsireil, na 'm bitheadh a mhàin ach an saorsa spioradail, dhlighcach, air a coimhead do choimhthionailibh na h-Eaglais, agus le riaghailt 's am bith eile bhi air a socruchadh, “nach biodh ministear air a chur a stigh air Sgìreachd no air coimhthionail air bith, a dh'aindeoin an t-sluaigh. Is e *an aon ni sin*, a thaobh na riaghailt ud, a bha, agus a tha iad ag iarraidh; agus cha 'n e aon riaghailt 's am bith a chumail suas, do bhrìgh 's gu 'n d'rinneadh leo féin i. Agus is e *sin* an ni tha air *àich-eadh* dhoibh leis an uachdaranachd aimsireil fathast. Ach, do bhrìgh gu 'm bheil an t-sochair so bhi aig an t-sluaigh, 'n a ni tha stéidhichte air focal Dhé, agus air a chur an céill gu soilleir, réidh, ann an laghannaibh Eaglais na h- Alba o thùs, mar chòir a bhuineas do bhuill na h-Eaglais, anns gach coimhthional; bha, agus tha e, mar fhìachaibh, air luchd-dreuchd na h-Eaglais, seasamh air son na còrach so, as leth an t-sluaigh, a réir fhocail an Tighearna, a dh' aindeoin na dh'fheudas tighinn orra air sgàth iad bhi a' tagradh na còrach so. Agus an uair a chunneas gu 'n robh an lagh a chaidh a dheanamh an àm riaghlaidh na Ban-rìgh' Anna, ag aiseag do na *Patronaibh* an còir-sa bhi a' toirt air aghaidh mhinistirean agus 'g an cur fa choinneamh nan coimhthional,—gu 'n d'thug Cùirtean an lagha breth, a' cur an céill nach ceadaicheadh an lagh do choimhthionailibh an t-saorsa, no an t-sochair so bhi aca, air dhòigh 's am bith; an sin chunnaic luchd-dreuchd na h-Eaglais, nach coisneadh atharrachadh 's am bith a b' urrainn doibh a dheanadh air an riaghailt ud, dìon an lagha, do 'n t-saorsa so bhi aig an t-sluaigh, cha b' urrainn doibh, ann an dìlseachd do bhuir sochairibh-sa, a Chàirdean, agus do bhuir saorsa-sa, mar ìochdaranairb saora Chrìosd;—cha b' urrainn iad ach seasamh as bhur leth, agus 's e a dh' iarr iad an sin dhnibh, 's a tha iad fathast ag iarraidh, gu 'm biodh an lagh ud e féin air 'atharrachadh le uachdaranachd laghail na rìoghachd, a mhàin aig am bheil an comas, air dhòigh 's gu dìonadh, 's gu 'n gleidheadh e dhuibh, an t-saorsa so bhi agaibh.

Agus am feadh 's a bha luchd-dreuchd na h- Eaglais a' clachdamh an uille dh'ichill, ag oidhirpeachadh so a thoirt gu buil, 's gu 'n deanadh uachdaranachd na Rìoghachd an lagh ud atharrachadh, chum 's gu bitheadh aig sluaigh ar Tìre, an soiseul air a shearmonachadh dhoibh gu saor, agus an saorsa spioradail air a dìon dhoibh thaobh shochairan an t-soisgeil, cha robh aobhar 's am bith air mi-chòrdadh éirigh eadar Cùirtean an lagha agus an Eaglais, na 'n robh iad le 'chéile, Cùirtean an lagha agus an Eaglais, air fantuinn 'n an àitibh féin air leth, gun an dara buidheann tighinn a stigh air dreuchd an aoin eile. Eadhon an déigh do Thigh nam Morairean, (a' chùirt

a' s' àirde 's an Rìoghachd) am breth a thoirt a mach, a' cur an céill mar rinn a' bhreth sin,—nach feudadh, gu laghail, an Eaglais àicheadh ministear a chur a stigh, a dh' aindeoin an t-sluaigh bhi 'n a aghaidh, aon uair 's gu 'n d' thug am *Patron* air aghaidh e; na 'n robh, eadhon an déigh sin, Cùirtean an lagha, a réir na breth sin, air a' bheathachadh, tigh, agus fearanu na h-Eaglais, a dhiùltadh do mhinisteiribh a rachadh a chur a stigh leis an Eaglais le lan aonta an t-sluaigh, agus uile shochairan a bheathachaidh aimsireil a thoirt do 'n duine a dhiùlt an Eaglais a chur a stigh;—ged a bhitheadh Cùirtean an lagha air deanamh so féin, bu chall sin féin, gun teagamh, do 'n Eaglais, do gach coimhthional anns an t-achradh so; ach na 'n robh Cùirtean an lagha air fàgail na h-Eaglais 'n a saorsa féin, cha robh comas air;—agus an coimeas ris mar tha air tachairt, cha bhiodh aobhar ghearain, cruaidh mar bhiodh an gnothuch. Bhiodh fathast a saorsa spioradail féin aig an Eaglais.

Ach 's ann a thòisich a nis Cùirtean an lagha, an àit gnothuch a ghabhail a mhàin ri cuisibh agus nithibh aimsireil,—'s ann a thòisich iad ri tighinn eadar an Eaglais agus gach breth bha ise a' toirt a mach ann an cuisibh 's an nithibh spioradail, a bhuineas a mhàin do 'n Eaglais, araon a réir laghanna Chrìosd, agus a réir laghanna na Rìoghachd 's am bheil sinn. 'S ann a thòisich Cùirt an t-Seisinn an Dun-éidin, gach breth agus binn a bha an Eaglais a' toirt a mach ann an cuisibh a dleasdanas féin, a bhacadh agus a thoirmeasg,—a' glacadh lan-uachdaranachd os ceann na h-Eaglais ann an gnothuicibh spioradail. Mu thimchioll mhinisteirean a chur a stigh, agus mhinisteirean a chur a mach, mu shearmonachadh an t-Soisgeil, agus mu fhrithealadh òrduighean an fhocail, tha a' Chùirt aimsireil ud a' gabhail oirre féin, gach aoin ni dhiubh so a bhacadh agus a thoirmeasg, a' cur breth na h-Eaglais a thaobh, mar nach biodh còir aice-sa air breth a thoirt ann an cuis 's am bith, eadhon 'n a dleasdanas a' s' àirde. Tha a' Chùirt-lagha ud air binn na h-Eaglais a chur a thaobh, eadhon a' toirmeasg fuidh eagal peanais iad bhi air an cur an céill do 'n dream an aghaidh an d' thug an Eaglais a mach iad. Tha iad a' toirmeasg do mhinisteiribh na h-Eaglais an Soisgeul a shearmonachadh ann an càrnaibh farsuing do 'r Tìr; tha iad air toirmeasg fuidh eagal peanais, do luchd-comunnachaidh a thighinn air aghaidh agus am guth a thoirt am bheil iad toileach no nach 'eil, ministearaid bhi air a chur a stigh orra. Tha iad air toirmeasg do luchd-dreuchd, ministearan agus foirfeich araon, suidhe 's an Ard-Sheanadh; tha iad a' bacadh do riaghladh na h-Eaglais bhi air a ghnàthachadh mu luchd-mi-bheus: tha iad air tighinn eadar an Eaglais agus a h-ùghdarras dligheach a thaobh a luchd-dreuchd féin agus a buill, ann an nithibh spioradail. Tha na Cùirtean-lagha, le so, ag ràdh, gu 'm feum uachdaranachd agus riaghladh spioradail na h-Eaglais air fad, anns gach aon ni, bhi fuidh gheill agus fuidh smachd do thoil na h-uachdaranachd aimsireil; gu 'm buin do Chùirtibh-lagha na Tìre so uile riaghladh na h-Eaglais bhi aca 'n an làimh féin a mhàin; gach breth 's am bith a bheirear leis an Eaglais a bhacadh, a thoirmeasg, no atharrachadh, mar is toigh leo féin, agus smachdachaidhean na h-Eaglais a bhacadh; agus an aon fhocal, nach feud saorsa bhi aig Cùirtibh na h-Eaglais, 'n an dreuchd agus 'n an inbhe féin a réir toil Chrìosd, mar tha sin foillsichte 'n a fhocal féin; ach gu feum an Eaglais lagh eile, agus Tighearn eile aideachadh bhi os a ceann.

Cha mhò a chuala na a chreid sinne riamh, a Chàirdean, lagh no co-Shuidheachadh na h-Eaglais 's an Rìoghachd so bhi a' giulan sud. Leughadh leinn Eachdraidh ar dùthcha, chunncas leinn slighe ar n-aithrichean ann an limibh an Ath-leasachaidh, agus ann an ànaibh geur-leanmhuinn; agus b' i ar beachd, tre am mòr dheuchainnibh-sa gu 'n do shoirbhich leo tre bheannachd an Tighearn, Eaglais shaor bhi air a suidheachadh 'n ar measg;—chunncas leinn àirde, agus naomhachd nam prìomh-bhunaitean sin as leth an do thagair iad, eadhon a chum a' bhàis; fhuair sinn iad sin air an aideachadh agus air an daingneachadh le Pàrlamaid ar Rìoghachd, agus air an ceangal mar sheilbh dhuinn,

ann an Reachdaibh, agus le Lagh ar Tìre, agus le Co-chòrdadh an dà Rìoghachd (Alba agus Sasunn) na sochairean ud uile bhi air an coimhead dhuibhse agus do bhur eloimn mar sheilbh-chòir dhaingnichte a bhiodh seasmhach agus neoghluasadaeh. Agus, eadhon an déigh do 'n lagh am *Patronage* a thoirt a stigh; 's e ehreid 's a thuig sinn gu h-iomlan, gu 'n robh, gidheadh, prìomh-bhunaitean ar n-Eaglais air an fàgail saor, agus saorsa agus sochairean a sluaigh, air an deanamh cinnteach, a mhàin biodh luchd-dreuchd dileas a' frithealadh chùisean na h-Eaglais:—agus gu h-àraid, gu 'n robh aig a coimhthionailibh, làn chòir, a réir lagh' ar Tìre, anns an d' aicheadh a' chòir so bhi aca o Chrìosd, an luchd-teagaisg a *ghairm*, agus aontachadh 'n an suidheachadh os au ceann, no sin àicheadh, mar a chùicadh dhoibh; agus nach b'urrainn Cùirtean-lagha 's am bith a thighinn eadar ar coimhthionailibh agus so.

Na 'n robh sinn air smuaineachadh no a thuigsinn, nach robh sibhse agus sinne, mar so saor, cha d' thàinig sinn riamh a stigh do 'n Eaglais, mar mhinistearibh an fhocail, 's cha mhò a bhiodh sinn air ar làn a chur ri laghannaibh agus riaghailtibh urramach na h-Eaglais, a tha aunta féin gu soilleir agus gu daingean ag àicheadh a leithid sud do chomas os ceann saorsa na h-Eaglais bhi aig an uachdaranaehd aimsireil. Na 'n robh sinn idir fuidh bheachd gu 'm bu eomasach an ùmhlachd so agairt uainn, tha nis air a h-iarruidh uainn mar luchd-dreuchd na h-Eaglais, do 'n uachdaranaehd aimsireil, ann an nithibh spioradail, cha robh sinn air ar dreuchd a ghabhail fuidh a leithid do bhannaibh truallidh. Aeh, ma 's e 's gu 'm bi e nis air a chur an céill, 's air a dheanamh aithnichte dhuinn, ged is e a' cheud uair a rinneadh e o am socruchaidh chùisean ar n-Eaglais an làithibh Rìgh Uilleim an *treasaimh*, gu 'm bheil e mar fhìachaibh air Eaglais na h-Alba, mar Eaglais stéidhichte na Tìre so, bhi fuidh ghéill do 'n uachdaranaehd aimsireil 'n a dleasdanaibh spioradail; agus ma chuirear air chois e mar thoil na h-uachdaranaehd aimsireil 'n ar Rìoghachd, nach deanar atharrachadh 's am bith air a' mhìneachadh nd air an lagh, a tha Cùirtean an lagha mar so a' toirt air aghaidh:—agus ma their, mar so, an uachdaranaehd aimsireil, gu feum sinn riaghladh na h-Eaglais a ghiùlan air aghaidh,—riaghladh tighe an Tighearna do réir toil Chùirtean agus bhreitheimhna aimsireil air bith, agus fuidh smachd dhoibh sin;—an sin cha bhi dhuinn, ach an aou slighe dol as, eadhon na sochairean aimsireil a tha an uachdaranaehd aimsireil a' toirt dhuinn mar luchd-dreuchd na h-Eaglais, a leigeil uainn gu tur, agus an diùltadh, a chum 's gu sealbhaich sibhse agus sinne, bhnr clann-sa agus ar clann-ne saorsa agus sochairean spioradail an t-soisgeil ann an Eaglais shaor, mar oighreachd neo-thruaillte, a 's luachmhoire na uile shochairean na beatha ta làthair.

Tha, anns an lagh aimsireil, air a mhìneachadh mar sud le Cùirtibh an lagha, *dà ole*, a tha *do-ghiùlain* annta féin, agus do nach comasach dhuinn géilleadh le coguis ghlan. 'Se an ceud ole dhiubh so,—a réir lagh' na *Patronage*, mar sud air a mhìneachadh leis na Cùirtibh-lagha, nach 'cil ionad seasaimh 's am bith aig saorsa an t-sluaigh, a bhi a' gabhail ri luchd-teagaisg, no 'g an diùltadh a réir an coguis féin, ach gu 'm biodh iad sin air an cur a stigh a dh' aindeoin oirbh. Tha sinn a' meas so bhi colg-dhìreach an aghaidh an Sgrìob-tuir, a bhi 'n a ainncart air oighreachd Chrìosd;—agus *cha 'n fheud* sinn géilleadh dha. Agus 's e an dara h-ole,—e bhi nis air a chur an céill leis na Cùirtibh ceudna, e bhi *mar fhìachaibh* air *Cléiribh* na h-Eaglais, ministearan a chur a stigh an ceart aindeoin an t-sluaigh, mar dhleasdanas a bhuneas doibh fuidh eagal peanaibh aimsireil;—mùr a dean iad so, gu 'm fiosraichear iad le peanasaimh aimsireil; agus air dhoibh so a dhiùltadh, gu 'm bi còir laghail aige-sa, d' an diùltar e, a' Chléir a thagradh ann an Cùirtibh an lagha, agus ath-dhioladh a n thogail uatha, mar gu 'm bitheadh iad air deanamh *coire* mhi-laghail dha. Agus maille ri so uile, fhad 's a tha iomadh ponc lagha air an togail agus air an tagradh an aghaidh na h-Eaglais, nach do shocrucheadh fathast leis a Chùirt 's airde 's an Rìoghachd, mu Chùirtean lagha bhi a' bacadh, agus ag

atharrachadh, 's a' toirmeasg breth na h-Eaglais ann an cùisibh spioradail bhi air a cur an gnìomh,—nithe, ma 's e 's gu 'n daingnichear iad do na Cùirtibh ud, agus gu 'n géillear dhoibh leis an Eaglais, a dheanadh Rìoghachd spioradail Chrìosd a thoirt gu bhi 'n a Rìoghachd do *Cheasar*, agus a bhuineadh air falbh gu h-ìomlan an saorsa o shluagh Chrìosd mar bhuill na h-Eaglais a shuidhich Eisan air thalamh.

Tha sinn an dòchas, a Bhràithrean ionmhuinn, gu 'm bheil sibh a dh' aon inntinn maille ruinne, ge b' e air. bith co luachmhor 's a tha sochairean aimsircil luchd-dreuchd na h-Eaglais, gu 'n ceannaichteadh iad air luach a bhiodh tuilleadh gu mòr 's a' chòir, na 'n gléidheadh sinn iad dhuinn féin air chòstus bhur saorsa agus bhur sochairean spioradail bhi air an call dhuibhse: tha sinn an dòchas gu meas sibh na h-ionnsuidhean so tha air an toirt an aghaidh riaghlaidh spioradail na h-Eaglais, agus an aghaidh na saorsa sin a bhuineas dhuibh féin, ann bhur dàimh ri luchd-teagais,—iad sin bhi air an toirt a stigh oirbh tur a dh' ainmcoin,—gu measar so leibh mar nithibh do nach urrainn sibh géilleadh, gun sibh a thoirt seachad do 'n t-saoghal, agus air eagal call saoghalta, bhur còir-bhreith, a choisneadh dhuibh, fuidh bheanachd Dhé, le fuil bhur n-aithrichean:—tha sinn an dòchas, mar a rinn bhur n-aithrichean 's na làithibh o shean, gu 'n scas agus gu 'n tagair sibh àrd-uachdaranachd Chrìosd mar an aon Rìgh 'n a Rìoghachd spioradail féin, agus mar an aon Mhaighstir 'n a Thigh féin air thalamh.

Tha fios agaibh, gur Rìoghachd an Eaglais, nach 'eil do 'n t-saoghal so; Rìoghachd a chuireadh air chois air thalamh le Mac Dhé; air a cumail suas le a chumbhachd; air a suidheachadh le 'ùghdarras-sa, air a riaghladh le a lagh-sa; air a stiùireadh le a Spiorad:—air a frithealadh le a leithid do luchd-dreuchd 's a dh' òrduich e;—agus gar h-ann d' a *bhreth-sa* tha i fuidh ghéill mar a Tighearn. Tha fios agaibh gur h-e a' chùis-dhìtidh a thaobh a Chrìuin Rìoghaisa, a thugadh 'n a aghaidh féin, 'n uair a thug an breitheamh cucoireach breth 'n a aghaidh, agus 'n uair a ghlaodh a naimhdean a mach e, “Cha 'n 'eil rìgh againne ach Ceasar;” agus ged 'eil e air a ghealltuinn agus air a roimh-innscadh dhuinn, gu 'm bi “rìghrean 'n au oideachan-altruim do 'n Eaglais, agus ban-rìghinnean 'n am màthraichean-altruim dh' i;—gu 'm bheil iuchraichean a Rìoghachd air an toirt ann an làimhibh luchd-dreuchd na h-Eaglais, agus saorsa agus sochairean a phobuill air an daingneachadh dhoibh le 'fhocal neo-mhearachdach agus neo-atharraichte féin. Tha saorsa a shcirbhiseach-sa, mar luchd-frithealaidh, gu bhi a' searmonachadh an t-soisgeil, a' frithealadh òrdnighean, a' gnàthachadh oideis agus riaghlaidh 'n a thigh;—agus comh-shìnte ri so, saorsa a shluaigh chreidmhidh o chuing air bith le teagasgaibh agus àitheantaibh dhaoiné, ann an nithibh a bhuineas do chreidimh agus do aoradh,—uile air an stéidheachadh air inntinn agus toil fhoillsichte Chrìosd, anns an aon lagh a thugadh leis air son riaghlaidh a thighe, agus so uile a' sruthadh gu réidh, o 'àrd-uachdaranachd féin mar Rìgh Shìoin.

Tha sinne, gu cinnteach, a Chàirdcan, as ar leth féin, gu réidh ag aideachadh saorsa an uachdarain shaoghalta scribedh a dheanamh do Chrìosd 'n a inbhe agus 'n a dhreuchd féin, a réir riaghailt focail Dhé. Ach an uair a bheirear ionnsuidh air còir-riaghlaidh mhinistirean Chrìosd 'n an inbhe-sa, agus a bhrisear a stigh air saorsa treud Chrìosd, 'n uair a tha smachdachaidhean na h-Eaglais air am hacadh, agus luchd-seirbhis na h-Eaglais air am bagradh le dochannaibh aimsireil, ann an gnàthachadh cothromach an dreachd féin a réir an fhocail; an sin, tha na bagraidhean agus na h-ionnsuidhean so air inbhe agus air saorsa spioradail na h-Eaglais a' filleadh annta an dearbh ni cheudna,—an ain-tighearnais thalmhaidh sin a mheas bhur n-aithrichean a bhi colg-dhìreach an aghaidh àrd-uachdaranachd Chrìosd 'n a thigh féin,—an ain-tighearnais thalmhaidh sin, an aghaidh an do tagair 's an do chathaich iad, agus a thaobh an d'thugadh a' bhuaidh dhoibh. Agus tha sinne 'g a fhaotuinn mar fhìachaibh oirnn féin, maille riutha-sa, cur 'n a aghaidh mar an ceudna,

agus ar n-ùmhlaichd a choimhead, 's ar dìlseachd a ghleidheil, do ar Ceannt-glormhor, le seasamh as leth saorsa a shluaigh.

Gun cheist, 's an là an diugh, cha 'n ann gu h-iomlan air an aon dòigh, o 'n leth muigh, tha a' chòmh-stri eadar cumbhachdan an t-saoghail agus an Eaglais a' dol air aghaidh, 's a thachair anns na linnibh o shean 'n ar Tìr: ach ged nach 'eil coslas, no *dreach* na còmh-stri an t-aon ni 's a bha iad roimhe, gidheadh, 's iad fathast na prìomh-bhunaitean cendna mu 'm bheil a' chòmh-stri. Còir na h-uachdaranachd aimsireil, a thighinn a stigh do 'n Eaglais, agus riaghladh na h-Eaglais a ghabhail d' a h-ionnsuidh féin;—thagradh so, o shean, 'n ar Tìr, mar choir a bhuineadh do 'n Rìgh, gu 'm biodh uachdaranachd iomlan aig-sa, 'n a phearsa féin, os ceann an h-uile cùis agus ni, aimsireil agus spioradail. Ach a nis, 's ann tha daoine ag iarraidh na h-uachdaranachd so a ghlacadh os ceann na h-Eaglais, troimh na Reachdan *Parlamaid* chaidh a dheanamh, a réir an d' thàinig ar n-Eaglais gu bhì 'n a h-Eaglais shuidhichte 's an Tìr; agus a réir an ùghdarras, mar their iad—tha air a thoirt do na Cùirtibh-lagha bhì a' mìneachadh agus a co-chur, uile Reachdan na rìoghachd, anns na h-uile ni, mar their iad féin, a bhuineas do chòirichibh laghail dhaoine. Cha 'n e a nis àrd-uachdaranachd a' Chrùin, ach *àrd-uachdaranachd an Lagha*, tha iad a' toirt an aghaidh na h-Eaglais, an aghaidh a riaghlaidh a réir focail Dhé, an aghaidh a luchd-dreuchd, agus an aghaidh saorsa, agus an aghaidh shochairan a sluaigh. Ach chi sibh, ge b' e atharrachadh tha air coslas na cùise o 'n leth muigh, nach 'eil brìgh no nàdur na cùise féin air atharrachadh; ach mar is ann fuidh shamhladh *Lagha* tha an ionnsuidh air a tabhairt, gu 'm bheil an ionnsuidh féin ni 's innleachdaiche, agus ni 's cunnartaiche, eadhon na bha i ri linn ar n-aithrichean. Ma tha uachdaranachd aimsireil no thalmhaidh 's am bith, eadar gur Rìgh, no *Parlamaid*, no Cùirtean lagha aimsireil, a' tighinn eadar ùghdarras Chrìosd agus ùmhlaichd a shluaigh *dha-sa* a mhàin ann an nithibh spioradail, is ain-tigh-earnas talmhaidh, truailidh, peacach é. Ann an làithibh bhur n-aithrichean, dh' oidhirpich Rìgh Seumas, 's a' cheud àit, an uachdaranachd so a ghlacadh ann an gnothnichibh na h-Eaglais a dh' easbhuidh ùghdarras na *Parlamaid*, mar choir a' Chrùin, agus mar ni a bhuineadh mar sin do 'n dreuchd Rìoghail. Chaidh so àicheadh 's a dhiùltadh dha: agus an déigh sin, fhuair e cead agus ùghdarras na *Parlamaid* so a ghabhail air féin, agus dhaingnich a' Phàrlamaid dha e, 's na bliadhnaibh, 1584—1606. Ach cha d' atharraich so an gnothuch ann am beachd bhur n-aithrichean, gu 'n do ghlac a' Phàrlamaid cumbhachd a chaidh a dhiùltadh do 'n Rìgh; 's cha mhò bu choir gu 'n atharraicheadh e *bhur beachd-sa*; do bhrìgh nach ni ceadaichte do chumbhachdaibh aimsireil air bith, an uachdaranachd a bhuineas do Chrìosd a mhàin a thoirt air falbh, no briseadh a stigh oirre, no na sochairan sin a chur as, no an t-saorsa sin leis an d' rinn Chrìosd a phobull fein saor, a mhilleadh orra, no a thoirt air falbh uatha. Fcudaidh Reachdan *Parlamaid* agus brèth Chùirtean-lagha nithe agus cùisean an t-saoghail so a shocruchadh; agus ma leanas iad dol air an aghaidh mar tha iad a nis a' dol, a thaobh na h-Eaglais, feumaidh so fhàgail ceart agus iomchuidh dhuibhse na sochairan a tha agaibh o Eaglais shuidhichte a leigil dhìbh, no an call:—ach cha 'n urrainn na h-uile ùghdarras talmhaidh a chur mar fhiachaibh air bhur coguisibh prìomh-bhunaitean bhur creidimh àicheadh, no géill a thoirt do 'n ainneart thalmhaidh agus mhi-naomh so, a' tighinn a stigh air bhur saorsaibh spioradail, a bhuineas dhuibh gu neo-atharraichte mar ìochdaran aibh saora Chrìosd.

Tha sinn an dòchas, a Chàirdean ionmhuinn, a' deamh teann-ghreim air na prìomh-bhunaiteibh naomha so, gu 'n cuir sibh gu seasmhach an aghaidh na beachd neo-spioradail agus mhi-naoimh sin a tha mòran air togail 'n ar ginealach,—nach 'eil ach ni gun luach, gun bhrìgh, ann an teagasgaibh àraid air bith mu chomh-shuidheachadh agus mu riaghailt na h-Eaglais fhaic-inneich; agus gu 'm feudar an toirt thairis gu saor, mar nithibh faoine, a mhàin

ma bhios soisgeal na slàinte air a *shearmonachadh* gu fallain. Cuimhnichibh, ghuidheamaid oirbh, briathran diadhaidh, cudthromach sheirbhisich urram-
aich sin an Tighearna, *Mr. Libhinstean*, air an do chuireadh an t-urram sin
thar iomadh, bhi 'n a inneal iompachaidh do mhòran anamaibh: deir esan
(ann an làithibh trioblaid), “Smuainichidh cuid, na 'm b' e Iosa Crìosd,
agus na 'm b' e teagasg sònruichte, bunaiteach 's am bith bhiodh sinn air ar
gairm gu bhi ag aideachadh, gu 'n seasadh iad air a shon sin, le am beatha,
agus le an cuibhrionn thalmhaidh; ach 's ann tha coslas air a' ghnòthach a
nis gu 'm bheil Crìosduidhean a' seasamb air son *cuid do nithibh* mionaideach,
nach 'eil annta féin ach 'n am faoineasaibh; agus ma tha brìgh idir annta,
cha 'n 'eil iad ach 'n an *nithibh beaga*.” “Ach” ars esan, “dh' fheudtadh a
dhearbhadh dhuibh, 's a' cheud àit, nach robh còmh-stri riamh o thoiseach
an t-saoghail, eadhon mu na fìrinnibh a 's cudthromaiche 's am bith, 'n uair
b' aobhar deuchainn agus dearbhaidh iad, nach robh iad air am meas (leis an
t-saoghal) 'n an *nithibh beaga*. Agus 's an dara àit:—An ni sin a ta a nis
air tighinn gu bhi 'n a aobhar deuchainn do mhòran, *nach lugha e na saor
ghnàthachadh dhreuchd Rìoghail Iosa Crìosd ann an oideas 's ann an riagh-
ladh a thighe*. Agus 's an treasamh àit (deir e), “Cuiridh Satan a ghnàth
cumadh àraid air an deuchainn a thig;—cuiridh e leithid a dhreach oirre, 's
urrainn dha a tarruing gu bhi mar ruinn na snàthaid an caoilead;—a suidh-
eachadh mar fhaobhair na h-ealtainn, air chor 's gu smnainich mòran nach
'eil ach *ro bheagan* eadar an dà thaobh; ach gidheadh air an dara taobh tha
àichéadh air Crìosd, agus air an taobh eile tha Crìosd air aideachadh.” Agus
mar tha diadhair urramach eile, *Mr. Gillespie*, ag ràdh, “Tha a' chòmh-stri
so a' ruigheachd a suas gu nèamh, agus tha a mullach os ceann nan neul.
Buinidh i gu ro shònruichte do Chrìosd féin, 'n a ghlòir, 'n a dhreuchd rìoghail,
'n a Rìoghachd, a tha aige, 's a tha e a' cleachdamh mar Eadar-mheadhonair
agus mar Cheann na h-Eaglais.

Ach, a Chàirdean, feumaidh sinn na prìomh-bhunaitcan so a nis fhàgail
agaibh ri smuaineachadh orra; agus guidheadh oirbh an aire shònruichte a
thoir do 'n aobhar àraid mu 'm bheil sinn air ar tarruing 's an àm gu bhi a'
labhairt ribh.

An uair a bha na deuchainnean ud a dh' ainmich sinn, agus o na
h-aobharaibh, a dh' ainmicheadh, a' cuartachadh ar n-Eaglais, agus a sìor
dhol an lionmhoiread; bha an Eaglais, a dh' aindeoin nan deuchainn, a' cumail
air a h-aghaidh, agns a' dlùth-leantuinn ri a prìomh-bhunaitibh féin, a réir
a laghanna agus a riaghailtean féin, agus a' toirt breth d' an réir sin,
anns gach cùis mar bha iad a' tighinn mu choinneamh a Cùirtean féin a réir
a suidheachaidh; bha i a' leantuinn riaghailt a dleasdanas féin 'n a h-inbhe
féin, gun sealltuinn ris na bagraidhibh bha air an ùr a mach 'n a h-aghaidh;
agus bha fios aig luchd-dreuchd na h-Eaglais gu 'm feudadh iad so a dhean-
amh le deadh choguis, fhad agus nach robh a h-aon do na ceistibh a dh'
éirich cadar an Eaglais agus Cùirtean an lagha air an eròchnachadh, no breth
air a toirt a mach 'n a h-aghaidh ann an aon air bith a thaobh a dleasdanas
do Chrìosd agus d' a shluagh. Ach tha a cor a nis, 's an t-seadh so, air 'ath-
arrachadh gu mòr, le breth àraid a thugadh a mach o cheann ghoirid le Tigh
nam Morairean, an Lunnain; agus tha sinn 'g a fhaotainn mar fhiachaibh
oirnn féin, a Chàirdean ionmhuinn, oir is e bhur leas-sa agus bhur buannachd
féin, (no do rìradh bhur call), tha air fhilleadh 's a' bhreth sin, mìneachadh
simplidh, treibhdhireach a thoirt dhuibh, air na tha sinn a' faicinn air 'fhill-
eadh 's a' bhreth sin, ciod e tha i a' giùlan innnte, agus co ro chudthromach
's a tha, do ar n-Eaglais, na nithe a dh' fheumas leantuinn uaithe, mur
faighcar leinn an lagh bhi air a leasachadh.

An uair thug Tigh nam Morairean ('s a' bhliadhna 1839) breth air tùs, ann
an cùis-lagha Sgìreachd *Achtaràrduir* agus a' bhreth sin a' giùlan nach robh
e ceadaichte do Chléir air bith, gu laghail, ministear a rachadh ainmeachadh

dhoibh le *Patron*, a dhiùltadh a chionn a' choimhthionail bhi 'n a aghaidh; cha 'n fhaca sinn, gu 'n robh cadhon a' bhreth sin, cruaidh mar bha i, a' giùlan innte féin gu h-ìomlan, an Eaglais bhi gu tur air a bacadh o a h-oides agus a riaghladh féin a chumail suas. Bha fios againn gu 'm b' e an t-ìlluchadh, agus an t-aon ulluchadh a rinneadh le lagh na Tìre air chionn a leithid so do chas,— 's e sin, a' Chùirt aimsireil a ràdh gu 'n do dhiùlt a' Chleir, *gu mearachdach*, am ministear a chuir am *Patron* fa 'n coinncamh, a shuidheachadh,—an sin, gu 'm feudadh am *Patron* beathachadh na Sgìreachd sin air fad a chumail 'n a làimh féin; agus ged bu chruaidh an gnothuch do rìreachd, Sgìreachd 's am bith bhi a' fulang so, agus gu 'm biodh fear-teagaisg aca r' a chumail suas iad féin, no aca féin agus na càirdean a dh'fheudadh cuideachadh a dheanamh riutha;—gidheadh, b'fhèarr so, na gu 'n rachadh an Eaglais an aghaidh riaghailt focail Chrìosd, a shuidheachadh fear-teagaisg olc air mhaith leis a' choimhthional. Agus a' faicinn dhuinn, gu 'n robh aig an uachdaranachd aimsireil comas, a dh' aindeoin na theircadh sinn, a nithe aimsireil féin a stiùireadh;—ged mhcas sinn gu 'n robh an stiùireadh ud cruaidh, agus gu 'n d' agair an uachdaranachd aimsireil a' chòir ud, gu bhi mar bhacadh air an Eaglais, o dhol thairis air crìochan iomchuidh a riaghlaidh féin; b' urrainn dhuinn, mar sin, fantuinn fathast 's an Eaglais, mar luchd-dreuchd, gun ainneart d' ar coguis;—agus thug an Eaglais thairis tuilleadh còmh-stri bhi aice riutha, mu thimchioll a' bheathachaidh aun an Sgìreachd *Achtaràrdair*. Ach god nach faca sinn ni tuilleadh 's am bith, agus bu leòr e, air 'fhilleadh 's a' bhreth ud, agus dh' fheudtadh nach do rùnaich na Cùitcan-lagha aig an àm dol ni 's faide; gidheadh, 'g a mhcas mar ni a dh' fheudadh tachairt, gu 'm feudadh an nachdaranachd aimsireil tighinn a stigh oirnn ann an nithibh spioradail mar an ceudna, troimh 'n bhreth ud mur lethsgheil;—mhcas sinn iomchuidh agus feumail e, aig àm an ath 'Aird-Sheanaidh an déigh na breth ud bhi air a toirt a mach, araon mar rabhadh do luchd-riaghlaidh na Rìoghachd, agus mar rabhadh do 'n Tìr féin mar an ceudna, aideachadh follaiseach a chur a mach, sinn a bhi, a' meas na h-Eaglais làn shaor 'n a riaghladh féin ann an nithibh spioradail, a dh' aindeoin na dheanadh an *lagh* ann an nithibh aimsireil;—agus ar làn-rùn sheascaich, mar a luchd-dreuchd, gu 'n seasadh sinn air son saorsa agus sochairean a sluaigh, agus ar saorsa spioradail féin, ciod air bith a dh' fheudadh iad a leagail oirnn mar chall no mar fhulangasaibh aun an nithibh aimsireil. Agus a nis, feudaidh fios bhi agaibh, an ni a 'smuainich sinn an nair sin bhi comasach tachairt, gu 'm bheil e a nis do rìreachd air tighinn. Tha cùis lagha eile air a togail ann an gnothuch Sgìreachd *Achtaràrdair*. Agus ciod e a tha a' chiùs-laglia so ag agairt? Tha, cha 'n e mhàin gu 'n gléidh am *Patron* am beathachadh 'n a làimh féin, no gu 'm feud e a thoirt seachad do 'n mhinistear ris nach gabhadh an coimhthional, agus a dhiùlt an Eaglais a shuidheachadh a dh' aindeoin a' choimhthionail; oir thug an Eaglais thairis, mar thubhairt sinn bhi a' tagradh air son a' bheathachaidh,—ach a thuilleadh air so a thoirt do 'n *Phàtron*, tha a' chiùs-laglia so ag agairt, gu 'm feum a' Chléir, a chionn 's gu 'n do dhiùlt iad an duine nd a chur a stigh,—ath-dhioladh a thoirt do 'n *Phàtron* 's do 'n mhinistear ud, air son *na coire* a rinneadh orra, leis a' Chléir, agus is e an t-ath-dhioladh tha iad ag iarraidh o 'n Chléir, Sèa mìle deug pundo Sasunnach! A nis, 's i a' bhreth mu dheircadh so, tha a' Chùirt a' s àirde 's an Rìoghachd air toirt 's a' chiùs so, eadhon, gu bheil còir laghail aig a' *Phàtron*, agus aig an duine nd, an t-ath-dhioladh so fhaotuinn o 'n Chléir; agus ged nach 'eil fathast a' chiùs air tighinn mu choinneamh luchd-breth an Dun-éidin gu a ràdh ciod e *tondas* no uiread an ath-dhiolaidh, a dh' fheumas a' Chléir a thoirt do 'n diùis ud,—am faigh no nach faigh iad o 'n Chléir na tha iad ag iarraidh *air fad*,—na Sèa mìle deng pundo Sasunnach; 's e a mhothaich sinn—nach e an t-*suim* airgid a bheirteadh a mach o 'n Chléir ris an robh againn sealltuinn, ach *nàdur* agus *brìgh* na cùis 'n na breth a tha mar so, cheana, air a toirt

a mach an aghaidh na h-Eaglais; agus gun fhantuinn gus am faiceadh sinn *tomhas no wiread* an ath-dhiolaidh rachadh a leagail air a' Chléir; gu 'm bu mhithich dhuinn comhairle ghabhail,—treòrachadh 'n ar slighe a shireadh agus fhaotainn, Uaithe-sa, a mhàin o 'n tig an gliocas sin a nuas a tha “tarbhach a sheòladh.” Bha e soilleir a nis, gu 'n robh an t àm air tighinn, nach b' urrainn sinn dol 'ni 's faide,—gun an dara cuid, fuasgladh fhaotainn o 'n chuing thruaillidh so, no dealachadh ri ar cuibhrionn aimsireil.

Nis, a Chàirdean, chum agus gu 'm faiceadh sibh gu soilleir, ciod e tha a' bhreth ud a' giùlan innte, tha e feumail gu 'n cuimhnicheadh sibh, a réir an lagha sin a rinneadh an àm riaghlaidh na Ban-rìghinn *Anna*, ag aiseag an co-mais do na *Patronaibh*,—gu 'n robh e mar fhiachaibh air luchd-dreuchd na h-Eaglais, ministear air 'aimeachadh leis a' *Phàtron* a shuidheachadh, air do 'u Chléir a cheasnachadh, agus air doibh sealltuinn ris a' ghnòthuch air fad, fhaotainn 'n a neach iomchuidh chum na dreuchd agus na Sgìreachd sin. Tha agaibh r' a chuimhneachadh, gur h-e an fhad 's an robh an lagh so 'g ar toirt-ne mar luchd-dreuchd fuidh fhiachaibh 's a' ghnòthuch, mar bha sinn a' buintinn ri nithibh aimsireil, dìreach so,—mur cuirteadh a stigh leinne, duine a theireadh na Cùirtean-lagha aig an robh a' chòir laghail o 'u *Phàtron* cheart, gu 'n cailleadh an Eaglais beathachadh na Sgìreachd sin, rè àm beatha an duine a dhiùlt a' Chléir a chur a stigh. A nis ged chithear leibh so bhi 'n a ni cruaidh ni 's leòr,—chi sibh aig an àm cheudna, gu 'n robh an lagh ud a' fàgail an saorsa féin aig luchd-dreuchd na h-Eaglais,—cha robh e a' cur mar cheangal, no mar fhiachaibh orra, ministear a chur a stigh an aghaidh toil a' choimhionail; bha an saorsa aca so a dhiùltadh, agus an coimhthional a dhìonadh o ainneart. Agus ged bha an ni a dh' ainmicheadh 's an àm, anns an lagh ud, b' i ar beachd agus ar barail, nach b' urrainn e tighinn eadarrainn agus an t-saorsa bha air a toirt dhuinn le Reachdaibh eile na Rìoghachd, saorsa a chum breth choguiseach a thabh-airt, an robh no nach robh an duine a chuireadh fa 'r coinneamh leis a' *Phàtron* iomchuidh air son na Sgìreachd chum an d' ainmicheadh leis a' *Phàtron* e: agus nach robh 's an lagh ud ach ni a bha ann féin gu maith iomchuidh an déigh na h-uile car, mar bhacadh air Cléiribh na h-Eaglais o an toil féin a dheanamh gu mi-riaghailteach, agus duine bhi air a dhiùltadh leo, a fhuairteadh do rìreadh iomchuidh air son na dreuchd. Na 'm b' urrainn dhuinne a nochdadh, do na Cùirtibh-lagha, gu 'm b' e an t-aobhar a chionn an do dhiùlt sinn an duine a chur a stigh a dh' ainmicheadh leis a' *Phàtron* gu 'n d' fhuair sinn an coimhthional 'n a aghaidh, a dh' aindeoin na h-ìomchuidheachd a dh' fheadadh bhi aige a thaobh foghlaim, 's a leithid sin; b' i ar beachd, a réir laghanna eile na Rìoghachd gu léir, nach robh e an comas nan Cùirtean-lagha, air chor 's am bith, beathachadh na Sgìreachd a chumail air ais, no idir a' bhreth a thugadh leinn ann an diùltadh an duine ud a shuidheachadh, a choireachadh no chronachadh air aon dòigh no dòigh eile. Mar so, bha a saorsa aig an Eaglais—bha dìon aice o 'n uachdaranachd aimsireil, mar bha sinne fuidh bheachd, ann an coimhionadh a dleasdanasan spioradail, agus iad sin air an aideachadh leis an uachdaranachd aimsireil a *bhi* 'n an dleasdanasaiibh spioradail a thaobh nach robh còir aig an uachdaranachd aimsireil tighinn a stigh oirre, no an gnàthachadh gu cothromach a chronachadh no a thoirmeasg do 'n Eaglais. Agus thugaibh an aire an so, 's ann a chum riaghailtean na h-Eaglais a thoirt gu bhi comh-shìnte ri lagh na Rìoghachd, a réir na saorsa so, agus a chum dìon do shochairibh an t-sluaigh, chaidh na riaghailtean ris an abrar am *Veto* a dheanamh le Ard-Sheanadh na h-Eaglais, gu bhi a' dìonadh an t-sluaigh 'n an sochairibh spioradail, cha 'n ann o lagh na Rìoghachd, ach o Chléiribh na h-Eaglais féin, aig am feudadh an comas agus an toil a bhi, saorsa agus sochairean an t-sluaigh a chur an neo-shuim, agus ministearan a chur a stigh orra dh' aindeoin.

A nis ged thubhairt a' cheud bhreth a thugadh le Tigh nam Morairean

ann an cùis *Achtaràrdair*, gu 'n deachaidh an Eaglais thar a h-uachdaranachd dhligheich a réir an lagha, ann an riaghailtibh a' *Veto* a chur air chois, gidheadh, cha d'àicheadh fathast a' bhreth sin do 'n Eaglais, nach bu dleasdanas spioradail e, bha aig an Eaglais r'a choimhliadh, ann am ministèiribh a shuidheachadh;—agus 's e na leag a' bhreth sin air an Eaglais, mur a deanadh a luchd-dreuchd na ministèirean a shuidheachadh a dh' ainmicheadh na *Pàtrona* dhoibh, ge b' e theireadh an sluagh, gu 'n cailleadh an Sgìreachd am beathachadh aimsireil rè seal. Bha i so 'n a breth a mheas sinne bhi innte féin ainneartach do 'n Eaglais, agus gu h-àraid do 'n t-sluagh, agus cha robh fhios gu maith againn cionnus a b' urrainn dhuinn so a ghiùlan; ach a mhàin na h-uile h-oidheip a chleachdamh, mar a rinneadh leinn, gu 'm biodh an lagh so air ath-leasachadh. Ach ehi sibh, cruaidh mar bha sud, gu 'n robh e fathast saor do luchd-dreuchd na h-Eaglais dol air an aghaidh, agus ministèirean a dhiùltadh ris nach gabhadh an sluagh, a mhàin air dhuinn an diùltadh mar sin, gu 'n cailleadh gach Sgìreachd anns an dèantadh so, 's an àm, am beathachadh bu chòir bhi aig an fhear-theagaisg a rachadh a sluidheachadh innte.

Ach a nis, faicibh féin, a Chàirdean, ciod e tha a' bhreth mu dheireadh so, a thugadh a mach le Tigh nam Morairean an Lunnuinn a' cur an céill. Cha 'n e a mhàin, gu 'n caillear am beathachadh anns gach Sgìreachd, far an diùlt a' Chléir ministèir a chur a stigh an aghaidh toil an t-sluaigh, cha 'n e so a mhàin,—ach gu 'm bheil e mar *fhiachaibh* air a' Chléir a chur a stigh; gu *feum* iad so a dheanamh, mar dhleasdanas aimsireil, olc air mhaith leo féin, agus olc air mhaith leis a' choimhthional,—gur dleasdanas aimsireil so, a bhuineas doibh a choimhliadh,—mar *dhuais* air son a' bheathachaidh aimsireil tha iad féin air faotainn; agus mur a dean iad e, coma ciod e their an coimhthional,—gu 'n leagar làmh an lagh' aimsireil orra mar luchd-eucoir agus mi-ghnòmh, agus gu 'm feum iad bhi fuidh smachd an lagha, eadhon gu call iomlan an cuibhrinn shaoghailta, agus saorsa shaoghailta, mar pheanas an lagha orra, mar dhioghaltas an lagha orra ann an deanamh na h-eucorach, mar tha a' bhreth so a' cur an céill.

Am bheil, ma ta, an uachdaranachd aimsireil a' nis, a toirt ionnsuidh air saorsa spioradail na h-Eaglais, agus a luchd-dreuchd, no nach 'eil? Thuguibh-se breth, 'n ur tuigse, 's 'n ur coguisibh féin. A réir na breth so, cha 'n eil aon Sgìreachd 'n ar Tìr, anns an gairmear luchd-dreuchd na h-Eaglais, ann an gnàthachadh an dleasdanais spioradail mar bhreitheamhnaibh, gu breth a thoirt, am bheil no nach 'eil an duine a chuirear fa 'n coinneamh leis a' *Phàtron* iomhuidh air son na dreuchd naoimh sin tha e ag iarraidh;—am bheil e cothromach agus ceart dhuinn, mar dh' fheumas sinn freagairt do Chrìosd ann am breitheanas, a shuidheachadh mar fhear-teagaisg os ceann an t-sluaigh sin,—an còir, no nach còir dhuinn, a réir inntinn Chrìosd, dàimh na h-Aodhair eachd spioradail a nasgadh eadar an duine so mar an Aodhair agus am pobull so mar threud:—a réir na breth ud a nis air a toirt a nach leis na Cùiribh-lagha, mu 'm bheil ar trom ghearan,—cha chomrach dhuinn tighinn a dh' ionnsuidh an dleasdanais naoimh agus roidh dhromach sin, le ciùneachd spioraid, no le inntinn neo-leth-bhreith; ach fuidh bhuaireadh a bhi mi-dhùileas do Cheann glòrmhoir na h-Eaglais agus d' a oighreachd,—agus fuidh eagal tràilleil na h-uachdaranachd agus an lagh' aimsireil. Agus ag amharc ris a' phrìomh-bhunait heumail so, ann an comh-shuidheachadh ar Rìoghachd, eadhon a thaobh ùithe agus chùisean aimsireil, ann an gnàthachadh dreuchd breithimh, gu 'm feum am breitheamh bhi saor 'n a choguis, gu breth a thoirt a réir dearbh-boilleireachd 'inntinn féin, anns gach aon ehuis a thig mu 'choinneamh;—ma ha so feumaid a chum 's gu 'n tugtadh le breitheamhnaibh breth cothromach ann an cùisibh aimsireil, a bhuineas do phearsaibh agus do chuibhrionnaibh amhaidh dhaoine;—s e mhothaich sinn, a Chàirdean, tuilleadh gu mòr,

an t-saorsa cheudna bhi feumail dhuinne, ann an suidhe mar bhreitheamh-naibh air cùisibh spioradail, a bhuineas do leas agus do shlàinte shiorruidh anama neo-bhàsmhor; 's e a mhothaich 's a dh'fhairich sinn, nach comasach dhuinn, ann an ceartas dhuinn féin, "air ar cnartachadh le h-amhuingeachd" mar tha sinn, agus buailteach do bhuaireadh mar dhaoibh eile; agus nach comasach dhuinn ann an dìlseachd do Chrìosd, a thug dhuinn ùghdarras saor agus dìongmholta a chum riaghlaidh 'n a Eaglais, nach comasach dhuinn riaghladh a Thighe-sa a ghiùlan air aghaidh, fuidh bhannaibh mar so, fuidh am feum an uachdaranachd spioradail sin a bhuilich Chrìosd air 'Eaglais féin bhi air a toirt fuidh làn smachd do 'n uachdaranachd aimsireil; agus mar sin, uachdaranachd agus toil Chrìosd 'n a Thigh féin bhi air an àicheadh;—agus nach mò a bha e ceadaichte dhuinn giùlan air ar n-aghaidh ann an connsachadh ris an uachdaran thalmhaidh, air sgàth nithe aimsireil, no ar cuibhrinn aimsireil féin; agus an saorsa 's an soch-àirean spioradail bhi air an call do choimhthionailibh agus do bhuill na h-Eaglais.

Agus 's a' chor so, ar spiorada 's an leth stigh air an cràdh, agus fuidh uallaich;—'s ann a cho-aontaich deich-thar fhichead do na bràithribh, eatorra féin, gairm a chur a mach, a' guidheadh gu 'n tigeadh na bràithrean uile air feadh na h-Eaglais cruinn, agus gu 'n cruinnicheadh a' Chomh-ghairm so an Dun-éidin,—a chum le h-ùrnuigh maille r' a chéile, agus co-chomhairle a gabhail, gu 'n treòraicheadh sinn gu slighe ar dleasdanas aithneachadh agus a leantuinn. Agus tha sinn a nis ag iarraidh a chur air chuimhne, chum cliù gràis ar Tighearna, "mar bha ar fulangasa pailt, gu 'm b' amhuil sin a bha ar comhfhurtachd ni bu ro phàilte;" mar bha iomadhadh cridhe trom agus mnladach, ri bròn os ceann staid agus cor ar n-Eaglais, agus na bha iad a' faicinn ullamb a nis a chum tighinn a stigh air ar Tìr ghràidh;—gu 'n d' rinn-eadh comasach sinn, "ar n-callach trom a thilgeadh air an Tighearna;" agus gu h-uair ar bàis, gu 'm bi aobhar againn amharc air ar n-ais, le buidheachas, air a' Chomh-ghairm sin, ris am feud sinn a ràdh do ùreadh, a réir ar mothachaidh, gu 'm bu Chomh-ghairm naomh i; agus gu 'm b' "am fionnaireachd agus ath-bheothachadh" a h-àm, d' ar n-anamaibh, "o làthair an Tighearna." Bha, gun teagamh, eadar-dhealachadh, ann am beachd, a measg nam bràithrean, mar dh' fheumas gu 'm bi a ghnàth, a measg Chùig ceud dhaoine, gach fear dhuibh lan-shaor 'n a inntinn féin, agus gun e bhi mar fhiachaibh air aon neach dhiubh, ann an tomhas 's am bith, barail chàich, no barail no beachd aoin eile, a leantuinn. Ach eadar-dhealachadh 's am bith, ann am beachd a bha 'n ar measg, cha robh e ach a mhàin mu thimchioll nan nithe bu lugha,—mn na dòighibh àraid air leth a dh' fheudadh bhi air an gabhail leinn, ann an slighe ar dleasdanas a leantuinn. Cha robh aon mì-ehòrdadh 's am bith eadarainn, no 'n ar measg, a thaobh nam prìomh-bhunaitean àraid a bha mar fhiachaibh oirnn a sheasamh agus a choimhead; no a thaobh na slighe sin, innte féin a dh' ionnsuidh an robh iad sin 'g ar treòrachadh, agus an leantuinn gu coguiseach. Agus 's e a lean, mar thoradh na Comh-ghairme so, a shuidh rè ochd làithean, rùn suidhichte, solaimnte bhi air aideachadh leinn, gu 'n robh, anns a' bhreth a thugadh a mach leis na Cùirtibh-lagha, mar tha sinn air an innseadh sin dhuibh a nis, nithe ris nach ceadaichte dhuinn, mar mhinistèiribh dileas fhocail Dhé, ar gnàthachadh, ann an stiùireadh chùisean na h-Eaglais, a cho-chnmadh: agus ma dhaingnichear a' bhreth mu dheireadh ud chaidh a thoirt a mach le Tigh nam Morairean, agus dèanadais eile nan Cùirtean-lagha, a dh' ainmicheadh leinn dhuibh;—no a' bhreth mu dheireadh nd i féin;—ma dhaingnichear so, le h-àrd-uachdaranachd na Rìoghachd, no ma leanas àrd-uachdaranachd aimsireil na Rìoghachd air gnùis a thoirt do 'n ainneart a tha an Eaglais a' fulang o na Cùirtibh aimsireil, an lorg gach breth dhiubh sud,—gu 'm bi e, an sin, mar fhiachaibh oirnn, sochairean agus dlighean aimsireil na h-Eaglais shuidhichte a thilgeadh uainu,—ar dàimh ris an uachdaranachd

aimsireil mar luchd-dreuchd na h-Eaglais shuidhichte fhuasgladh, a roghainn air gu 'n cuiradh sinn ar saorsa spioradail, a tha againn o Chrìosd, fuidh smachd nan Cùirtean talmhaidh ud, 's a bhi fuidh ghéill d' an toil-sa ann an nithibh spioradail; no gu 'm fuilingeadh sinn do shaorsaibh Rìoghachd Chrìosd bhi air am buintinn air falbh o a shluagh, le ùghdarras dhaoine, no air sgàth buannachd aimsireil air bith dhuinn féin.

'S i so, ma ta, a Chàirdean, ar *Rùn-ne*. Ach a' cuimhneachadh dhuinn, gu 'm bheil bhur leas-sa, mar an ceudna, agus gu h-àraid, a chàirdean gràdhach 's an Tighearn, co maith ri ar leas-ne, air fhilleadh, anns a' chòmh-stri so tha air tighinn oirn;—agus ma 's e agus gu 'm fuiling sinne call aimsireil, le bhi a' dlùth-leantuinn ri prìomh-bhunaitibh ar riaghailtean coitcheinn, gu 'm feum sibhse mar an ceudna iomadh buannachdan na h-Eaglais shuidhichte dhuibh féin a chall, no ni a 's ro thruime, agus a 's eagalaiche, sibh a thighinn gu bhi 'n ur buill do Eaglais bhios air a riaghladh agus air a stiùireadh 's na h-uile ni le toil agus fuidh smachd an uachdarain aimsireil,—Eaglais o am buinear air falbh gu tur a saorsa spioradail, a bhios air a tur-atharrachadh 'n a prìomh-bhunaitibh gu léir, agus a ghiùlaineas ach beag coslais do rìreadh ri fìor Eaglais bhur n-aithrichean; tha sinn 'g a mheas mar ni a dhlighear gu fìrinneach dhuibh, uainne, mar an treud air an d' rinn an Spiorad Naomh sinn, (tha sinn an dòchas,) 'n ar luchd-coimhead;—tha sinn 'g a mheas mar ni a dhlighear uainne do ar co-luchd-dùthcha gu léir, làn-mhineachadh nan aobhar sin a chur ann bhur n-amharc, air son an do cho-éignichadh sinn, na Rùintean suidhichte so a chur oirn féin; agus a chum gu 'm biodh sibh air bhur beothachadh, mu 'm bi e tuilleadh 's annoch, gu spàirn chruaidh a dheanamh fathast, sibh féin, air gach dòigh laghail, cheadaichte, a réir laghanna ar dùthcha,—gu 'm biodh an trom-àmhghar so air a pilleadh uainn, mu 's toigh leis an Tighearna, àmhghar a dh'fheumas bhi gu mòr 'n a cùis-mhulaid do gach neach a tha ceart 'n a chridhe. Feudaidh e bhi, gu 'm bheil cuid 'n ur measg, ged 'eil iad ag aideachadh mhòr luach nam prìomh-bhunaitean diadhaidh sin, as leth an do ghairmeadh ar n-Eaglais 's an là an diugh chum cathachaidh, a dh' aidicheas gur h-iad sin na h-aoin bhunaitean air am feud Eaglais ghlan bhi stéidhichte, mar Eaglais shaor Chrìosd,—a smuainicheas, gidheadh, gu 'm bheil sinn air bhi tuilleadh 's bras ann ar n-aideachadh air na rùintibh suidhichte so a chuir sinn romhainn: cha 'n 'eil iad a' faicinn, a theagamh, a leithid a dh' atharrachadh 'n ar cor, no 'n ar cùisibh, 's a chuir do rìreadh mar fhiachaibh oirn a leithid do rùintean cudthromach a chur romhainn. Feudaidh iad so smuaineachadh, gu bheil co-ionannachd ar còire-na, mar Chùirtibh na h-Eaglais ar breth féin a thoirt air cùisibh spioradail, ri còir nan Cùirtean aimsireil air breth a thoirt ann a cùisibh aimsireil,—am bonn sin, gun teagamh, air an do dhearbhadh leinn, nach robh sinn ri ceannaire an aghaidh na h-uachdaranachd aimsireil, 'n uair a dhiùlt sinn géill do bhreth nan Cùirtean-lagha ud 'n ar gnàthachadh mu nithibh spioradail na h-Eaglais,—gu 'm buin so dhuinn fathast, ged leanadh sinn a' chòmh-stri ris na Cùirtibh ud, agus sinn a dh' fhanuinn 'n ar luchd-dreuchd fathast 's an Eaglais shuidhichte. Feudaidh iad sud a ràdh, gu 'm bheil so fosgailte dhuinn fathast, 's gu 'm feud sinn dol air aghaidh, a' diùltadh ar gnàthachadh mar luchd-dreuchd a chochumadh ri breth nan Cùirtean-lagha. Cha 'n urrainn sibh a smuaineachadh, gu 'm bitheadh sinn mi-thoileach an argumaid sin a chleachdamh, no seasamh rithe, mar a tha sinn air deanamh gus a nis, na 'm faicheadh sinn idir i bhi 'n a h-argumaid fhreagarraich agus choguisseich, gu leantuinn rithe ann an coraibh àraid. Agus cha mhò idir a bhiodh sinn air ar bacadh o a cleachdamh fathast, air eagal callachd aimsireil 's am bith dhuinn féin, mar nach do bhac an t-eagal sin sinn *gus* a nis,—na 'm b' urrainn dhuinn smuaineachadh 'n ar cor a chum an bheil sinn *a nis* air tighinn, an argumaid cheudna bhi *fathast* cheadaichte dhuinn. Ach, smuainichibh, a Chàirdean,—a thuilleadh air co neochoimasach 's a tha e do luchd-dreuchd na h-Eaglais còmh-stri d' a

leithid so a chumail suas, 's a giùlan air aghaidh, 's gun an comas aimsireil 'n ar làimh; smuainichibh, a réir na breth mu dheireadh ud a thug Tigh nam Morairean a mach,—air na deuchainnibh agus na piantuibh-lagha do-ghùlain, a chuirteadh an sin mar eallaich oirnn, ann an cùis gach Sgìreachd anns an diùltadh sinn ministear a shuidheachadh a dh'aindeoin an t-sluaigh; agus anns 'n a h-uile h-aoin chùis ann an riaghladh na h-Eaglais, far am feudadh gearan 'n ar n-aghaidh dol gu Cùirt an t-Seisinn, no Cùirt aimsireil air bith eile,—smuainichibh, cionnus, mar sin, a bhiodh cùisean-lagha a' dol an lion-mhoiread gach aon là, thar tomhas agus gun àireamh, cosdail agus sàrachail mar tha iad;—smuainichibh, cionnus a b' urrainn sinn idir aonachd ar n-Eaglais a chumail suas, no a h-ùghdarras dligheach os ceann a luchd-dreuchd agus a buill, 's a' chor 's am bheil sinn a nis, le co iomadh do luchd-dreuchd na h-Eaglais féin, agus d' a buill, bhi 'n ar n-aghaidh, agus iad a' gabhail dìona dhoibh féin anns na Cùirtibh-lagha, 'n ar n-aghaidh. Agus a thuilleadh air so, a ris, ged 'eil an argumaid sin,—co-ionannachd ar còire-na, ar breth féin a thoirt ann an cùisibh spioradail, 's a tha aig na Cùirtibh aimsireil am breth-sa a thoirt ann an cùisibh aimsireil,—ged 'eil e dligheach dhuinn an argumaid sin a ghnàthachadh, agus seasamh rithe, an aghaidh nan Cùirtean aimsireil a 's àirde 's an Rìoghachd, a shuidhicheadh le àrd-uachdaranachd na Pàrlamaid agus a' Chrùn; do bhrìgh 's gu 'n do shuidhicheadh Cùirtean na h-Eaglais shuidhichte, 's gu 'n do dhaignicheadh dhoibh còir, air mhodh aimsireil, leis an dearbh uachdaranachd cheudna, an dlcasdanasa spioradail a fhrithealadh; gidheadh, cuimhnichibh, nach dubhairt an Eaglais riamh, 's nach mò tha e coguiseach dh'i a ràdh,—gu 'm bheil e 'n a ni ceadaichte dh'i an argumaid cheudna a chleachdamh an aghaidh àrd-uachdaranachd aimsireil na Rìoghachd, leis am bheil na Cùirtean aimsireil ud air an suidheachadh. Agus mar so, ma 's e, an deigh do na Cùirtibh aimsireil ud am breth a thoirt a mach an aghaidh na h-Eaglais, agus air do 'n Eaglais an sin dol a dh'ionnsuidh àrd-uachdaranachd na Rìoghachd, agus a gearan a dheanamh ris an Luchd-riaghlaidh, mu 'n ainneart a tha na Cùirtean ud a' deanamh oirnn,—ag iarraidh dìona, o 'n àrd-uachdaranachd aimsireil do 'n Eaglais, o na Cùirtibh-lagha ud,—ma 's e, an sin, gu 'n diùlt àrd-uachdaranachd na Rìoghachd,—a' *Phàrlamaid* agus an Crùn, an dìon so a thoirt do 'n Eaglais;—an àite so, gu 'n abair a' *Pharlamaid* agus an Crùn ruinn,—Biodh an lagh mar a tha e;—an sin, chi sibh nach ann ris na Cùirtibh-lagha a bhitheadh ar còmh-stri, ach gu 'm biodh a' còmh-stri an sin eadar an Eaglais agus àrd-uachdaranachd na Rìoghachd. Nis is connsachadh sin, nach urrainn Eaglais na h-Alba gu coguiseach a chumail suas, no a giùlan air aghaidh.

Is aithne dhuinn gu 'm bheil crìochan air an cur ri cumhachd Rìghrean agus *Pharlamaidean*, le h-ùghdarras Dhé; agus ann an iomadh càs gu 'm bheil e, cha 'n e mhàin ceadaichte, ach mar fhìachaibh oirnn, “Géill a thoirt do Dhia ni 's mò na do dhaoinibh.” Agus is iomadh an uair a ghairmeadh bhur n-aithrichean rè amanna an Ath-leasachaidh, ann am freasdal Dhé, gu so a dhèanamh 'n an gnàthachadh féin; 'n uair a thoirmsgeadh dhoibh, leis an uachdaranachd aimsireil aoradh a dheanamh do Dhia a réir an coguis, no 'n uair a dhiùltadh an t-sorsa sin dhoibh; an sin, mar an triùir chloinne a chaidh a thilgeadh “am builsgan na h-àmhuin theintich, dhian-loisgich;”—cosmhuil ri Daniel 'n a sheòmar, agus ri Peadar an talla-a'-bhreitheanais an Ierusalem; rùnaich bhur n-aithrichean a thoirt do Cheasair na nithe a bhùineadh do Cheasair, ach do Dhia na nithe a 's le Dia. Ach, gu ma beannaichte gu robh Dia, cha 'n 'eil sibhse air bhur gairm fathast, 'n a fhreasdal-sa, a chum a' chor no an t-scasaimh cheudna, no a chum an ni cheudna a rùnachadh air an dòigh cheudna, o 'n leth muigh. Ma 's e, eadhon, gu rùnaich a nis, àrd-uachdaranachd na Rìoghachd so, scasamh ri breth nan Cùirtean-lagha an aghaidh ar n-Eaglais shuidhichte agus a saorsa, agus ùghdarras an lagha a thoirt do gach breth a thugadh a mach leis na Cùirtibh ud



an aghaidh na h-Eaglais, agus gu 'n abair àrd-uachdaranachd na Rìoghachd gu feum an Eaglais shuidhichte géill a thoirt do gach breth dhiubh sud, mar an aon chumha air am fuigh i a sochairean aimsireil, agus sinne ar beathachadh aimsireil;—gidheadh, beò mar tha sibh fuidh uachdaranachd aimsireil tha a' ceadachadh do gach aoin neach aoradh a dheanamh do Dhia a réir a choguis féin,—b' e, eadhon an sin, bhur aon dleasdanas, fianuis a thogail an aghaidh a' pheacaidh thruim ud a chiontaicheadh leis an luchd-riaghlaidh a thaobh na h-Eaglais, agus bhur coguise féin a choimhead glan, le sochairean a leithid sin do Eaglais, mar sud air a truailleadh, a dhùltadh, air dhi bhi an sin suidhichte air na *cumhaibh* truaillidh agus mi-naomh ud, gun aon ni tuilleadh bhi agaibh r' a dheanamh rithe, do bhrìgh, an sin, a suidheachadh agus a gnàthachadh bhi gu soilleir an aghaidh fhocail agus ùghdarrais Chrìosd. Agus mar so, gu robh Eaglais ar n-aithrichean air a treòrachadh, god is ann air slighe nach b' aithne dh'i, agus nach biodh i air roghnuchadh d' a toil féin,—a dheanamh aithnichte a fianuis urramaich fathast as leth àrd-uachdaranachd Chrìosd, a dh'fhoillseachadh an làthair na Crìosdaidheachd uile, treibhdhreas a h-aideachaidh, a thaobh chòirichean agus dhleasdanas na h-uachdaranachd aimsireil.

Nach d' thàinig e, a Chàirdcan, mu choinneamh bhur cuimhne féin, gu 'n robh sinn air ar gairm, mu 'n do thòisich fathast a' chòmh-stri 's am bheil sinn a nis, ann am freasdal Dhé, gu còmh-stri eile a sheasamh, agus sin an aghaidh dhream araid, agus iomadh dhiubh 'n am bràithribh d' an robh gràdh againn 's an Tighearn;—a thaobh Eaglaisean Suidhichte bhi 'n an nithibh laghail idir. Bha an dream ud a' cumail a mach nach bu ni dligeach, a réir an t-Soisgeil, do uachdaranaihb aimsireil idir an Eaglais a shuidheachadh, no sochairean aimsireil a thoirt dh'i. Agus is cuimhne le cuid 'n ur measg, 's a' chomh-stri bha sin, gu 'n do thagair sinn aobhar nan Eaglaisean suidhichte, air a' bhonn shoilleir so,—ann an Eaglais a dheanamh 'n a h-Eaglais shuidhichte le sohairibh aimsireil a bhuileachadh oirre, nach robh so a' fillcadh ann, air chor 's am bith, gu 'm feumadh an t-uachdaran aimsireil cuing 's am bith a chur air muineal na h-Eaglais, a bhiodh an aghaidh comhairle agus ùghdarrais Chrìosd; agus nach b' urrainn do 'n uachdaran aimsireil a nis, 'n ar Tir-ne gu h-àraid, air mhodh laghail, cuibhrichean 's am bith an aghaidh nan Sgrìobtur a leagail air saorsa spioradail ar n-Eaglais-ne:—agus a thuilleadh air so, air do 'n uachdaran aimsireil a bhi 'n a inghe féin, “'n a sheirbhiseach Dhé a chum maith,” 'n a sheirbhiseach do 'n Tighearn Iosa;—gu 'n robh e *mar fhiachaibh* air, 'ùghdarras, a chumhachd agus a chomas, mar thòdhlaiuibh a bhuileachadh air le Ceann glòrmhor na h-Eaglais, iad sin a choisrigheadh a chum seirbhis agus glòire Dhé. Dh' aidich sinn, *an uair sin*, gu 'm b' e Crìosd Ceann na h-uachdaranachd aimsireil; labhair sinn uime-sa mar Rìgh nan Rìgh, agus mar Thighearn nan Tighearna, mar is e Rìgh Shìoin e mar an ceudna. A nis, ma 's e, do bhrìgh gur h-e Crìosd ar Rìgh, gur h-e Ceann na h-Eaglais e, a 's i a chorp-sa, nach feud sinn, agus nach *dèan* sinn ar saorsa spioradail a bhùilich e oirn, àicheadh; ma 's e agus gur h-e sinn a bhi fuidh chunntas, fuidh fhiachaibh do Chrìosd an t-saorsa so a choimhead,—fìor bhunait ar rùintean “nach bi sinn 'n ar seirbhisichibh do dhaoimibh,” agus gu 'm feum ar coguisean bhi air an coimhead glan leinn o gach ni tha an aghaidh fhocail Dhé ann an nithibh creidimh agus aoraidh; nach 'eil sibh a' faicinn, a chàirdcan ionmhuinn; gu 'm bheil an t-uachdaran aimsireil fuidh 'n chunntas ceudna, fuidh na fiachaibh ceudna, agus gu 'm buin an t-saorsa *cheudna* dha mar an ceudna, 'n a choguis féin; agus ann am buileachadh shochairean aimsireil air an Eaglais, agus ann an socruchadh nan ceanglaichean a réir an bheil iad sin gu bhi air an sealbhadh leatha, gu 'm bheil e fuidh fhiachaibh so uile a dheanamh a réir riaghailt fhocail Dhé, agus mar bhicirear leis cunntas do Chrìosd; agus gu 'm biodh na h-uile oidhirp a bheireadh an Eaglais gu a thoirt air an uachdaran aimsireil a dh' aindeoin

a thoile sochairean a bhuileachadh oirre féin, do rìreadh a cheart co fhada an aghaidh na dàimhe 's am bheil iad le chéile do Chrìosd agus do uachdaranachd a Chrùin-sa, 's a bhiodh an oidhirp air taobh an uachdarain 'n a ceannairc an aghaidh Chrìosd, 'n uair dh' fheuchadh e ri ainneart a dheanamh air coguisibh an t-sluaigh, gu bannaibh a cheangal air an saorsa spioradail? Agus tha an Tighearn a nis 'g ur suidheachadh-sa, agus 'g ar suidheachadh-ne ann an cor a chumreas gu deuchainn agus gu dearbhadh, ar dìlseachd do na prìomh-bhunaitibh glòrmhor, sìorruidh sin, air an do shuidhichadh araon an saoghal agus an Eaglais, leis an Uile-chumhachdach, ann an làimh Eadlar-mheadhonair - tha sinn air ar suidheachadh 'n a fhreacasdal-sa, ann an cor, 's am bheil sinn air ar gairm gu cothrom a thoirt do shluagh na Tìre so an fhianuis sin a thog agus a sheas an aithrichean as leth a' Chrùin rìoghail tha air ceann Iosa, an fhianuis a dheanamh iomlan, le i bhi a nis air a togail leinn ann an cuisibh nach d' thàinig gu sònruichte mu 'n coinneamh-sa; agus le sibhs a thaisbeanadh sibh féin bhi seasmhach mar bha iadsan, araon ann an dlìghibh Iosa Crìosd mar Rìgh Shìoin aideachadh, agus 'uachdaranachd-sa mar Rìgh nan rìghrean.

Is fìor, a Chàirdean ionmhiunn, gu 'm bheil an argumaid so ag amhàre ri còir agus dleasdanas an uachdarain aimsireil, mar nithibh annta féin; agus gu sealltuinn ris na crìochaibh sin a chaidh chur timchioll air cumhachd na Pàrlamaid ann an Rìoghachd Bhreatuinn, air bhonn, agus tre ùghdarras a' Chomh-chòrdaidh agus an Aonaidh sin a rinneadh eadar Sasunn agus Alba; agus an *Reachd araid sin*, roimh àm aonaidh an dà rìoghachd, a chaidh a dhèanamh, chum tèaruinteachd, agus sìor sheasmhachd Eaglais na h-Alba. An uair a shònruich bhur n-aithrichean luchd-ùghdarras do mhaithean na Rìoghachd so, a chum an Aonaidh eadar Sasunn agus Alba a dhaingneachadh agus a shocruchadh, dhìon-shònruich ar n-aithrichean, agus chuir iad air chois le *Reachd Pàrlamaid e*,—nach biodh an Eaglais air a gabhail a stigh idir a measg nan nithe mu 'n deantadh an Comh-chòrdadh; ach gu 'm biodh i air a fàgail agus air a sìor-choimhead, iomlan, neo-ghluasadach, le a h-uile shochairibh aimsireil, le a saorsa, agus a comh-shuidheachadh uile, mar bha i, 's an àm sin féin. Dhaingnich iad, mar a thubhairt sinn a cheana, le *Reachd Pàrlamaid*, nach biodh comas no a' chead aig luchd-socruchaidh an Aonaidh, aon nì a dheanamh a thaobh na h-Eaglais;—an *Reachd* so a' cur an céill gu 'n robh làn-thèaruinteachd a' chreidimh *Phrotastanaich*, agus Eaglais na h-Alba, bhi mar an aon Eaglais shuidhichte 's an Rìoghachd so, 'n a chumha bunaitcach, air am biodh an t-Aonadh eadar an dà rìoghachd, fuidh 'n aon Chrùn, air a shocruchadh, 's air a nasgadh; agus gu maireadh so, mar *chumha* bunaitcach an Aonaidh anns gach linn ri tighinn; agus dhaingnicheadh an sin, le *Reachd eile*, 's a' bhliadhna 1707;—aig gach àm tighinn a dh' ionnsuidh na Rìgh-chaitheach do Rìgh no do Bhan-rìgh-air bith o 'n àm sin a mach, gu 'n deanadh Esan, no Ise, mionnachadh do 'n Tighearna, 's an làmh-sgrìobhaidh a chur ris,—fhad 's a shuidheas iad air Rìgh-chaitheir Bhreatuinn, gu 'n gléidh agus gu 'n dìon iad gun atharrachadh air bith, Eaglais na h-Alba, mar bha i aig àm an Aonaidh, 's air a riaghladh, 'n a h-oideas, 'n a h-aoradh, 'n a còirichibh, agus 'n a sochairibh, mar fhuair eadh suidhichte i aig àm an Aonaidh, le laghannaibh Rìoghachd na h-Alba. Roimh gu 'n d' rinneadh an Comh-chòrdadh so bha a' chòir bhi ag ainmeachadh mhinistirean do Sgìreachdaibh na h-Alba, aig oighreachaibh an fhearainn agus aig foirich na h-Eaglais, anns gach Sgìreachd air leth: agus chaidh an *Reachd* sin leis an d' aisigeadh a' chòir so do na *Pàtronaibh* a thoirt a stigh agus a dhaingneachadh, le *Pàrlamaid* Bhreatuinn, 's a' bhliadhna 1711; an aghaidh gach tagraidh, agus fuidh fhianuis na h-eucoir a rinneadh, air a togail le Ard-Sheanadh ar n-Eaglais; agus gun teagamh 's e an *Reachd* sin màthair-aobhar ar trioblaidean 's an là an diugh. Cha robh, gu cinnteach còir, aig *Pàrlamaid* Bhreatuinn an *Reachd* ud a thoirt a stigh no a dhèanamh; agus feudar a smuaineachadh gu 'm bheil so a' lughdachadh dhuinn dleasdanas ar n-ùmhlachd, eadhon do bhreth agus

àrd-uachdaranachd na *Phàrlamaid*, 's a' ghnòthuch chudthromach so; agus gu 'm bheil na rinneadh leotha, 'n a bhriseadh air cumhachaibh an Aonaidh eadar an dà Rìoghachd;—agus gun teagamh, tha sàr-aobharg 'n amhairceadh sinn ris a' ghnòthuch 's an t-solus so féin. An-tromaichidh so gu ro mhòr, *peacadh* àrd-uachdaranachd aimsireil Rìoghachd Bhreatuinn, ma 's e 's gu 'n rùnaichaer leo laghanna nuadhla a nis a dhaingneachadh agus a cheangal oirnn, a bhios cha 'n e mhàin an aghaidh fhocail Dhé, ach mar an ceudna 'n am briseadh soilleir air firinn agus creideas na Rìoghachd; agus tha so, a réir ar beachd-ne a' toirt làn-choir dhuinn, agus 'n a shàr-aobhar, a tha ag agairt, gu 'n togadh sinn ar cùis, 's a' cur gu soluinnte an làthair àrd-uachdaranachd na Rìoghachd, roimh dhuinn dealachadh ris an inbhe, agus ris na sochairibh anns an do shuidhicheadh sinne, sibhse, agus ar n-Eaglais, fuidh ùghdarras na h-àrd-uacharanachd sin féin, fuidh gheallaidhibh, agus fuidh mhionnaibh, gu 'n gléidhteadh na sochairean so dhuinn. Ann an cùis àbhaiseach air bith, dh'fheudadh e bhì 'n a dhleasdanas dhuinn bhì ùmhail, ann am breth bhì air a toirt 'n ar aghaidh le Cùirtibh an lagha, mar innealaibh na h-uachdaranachd aimsireil a chum mineachaidh an lagha;—dh'fheudadh sinn a mheas gu 'm bu leòr breth Thigh nam Morairean, chum nan ceistean so uile a shocruchadh, agus ar dleasdanas a dheanamh aithnichte dhuinn, a réir sin; ach ag amharc dhuinn air suidheachadh an Aonaidh eadar an dà Rìoghachd, agus *Reachd tèaruinteachd* na h-Eaglais; agus 'g ar meas féin, ann an nitibh spioradail mar luchd-diona bhur sochairean-sa, a réir co-shuidheachaidh aimsireil ar Rìoghachd, mar a réir an fhocail, agus ar sochairean féin mar an ceudna;—tha sinn 'g a fhaicinn soilleir, mar ar còir agus ar dleasdanas, dol a dh'ionnsuidh *Phàrlamaid Bhreatuinn*, a' guidheadh air luchd-riaghlaidh agus luchd-comhairle air a Rìoghachd amharc ri Reachdaibh daingnichte a' Chomh-chòrdaidh sin a rinneadh eadar an dà Rìoghachd, a thaobh ar n-Eaglais;—agus a' cheist a chur riutha, am bheil sinn do rìreadh gu breth nan Cùirtean-lagha, 'n ar n-aghaidh, agus tha gu soilleir 'n am briseadh a stigh, eadhon a' deanamh tur mhilleadh air na sochairibh chaidh a dhaingneachadh dhuinne agus dhuibhse; bheil sinn gu so a ghabhail mar a' cur an céill dhuinn inntinn agus comhairle shuidhichte nachdaranachd na Rìoghachd so mu thimcheall ar n-Eaglais agus a sochairean agus a saorsa? Agus a chum so a dheanamh, tha sinn gu fantuinn 's a' cheart am mar tha sinn, fathast: agus air dhuinn prìomh-bhunaitean neo-ghluasadach ar n-Eaglais a réir an fhocail, agus a co-shuidheachadh a réir laghanna na Rìoghachd a chur an céill,—feithidh sinn, a dh'fhaicinn ciod i a' bhreth a bheir àrd-Phàrlamaid Bhreatuinn a mach 's a' chùis. Ach ma 's e agus gu 'm bi a' bhreth sin an aghaidh ar n-iarrtas agus ar dùrachd, agus ar dòchais fathast; no, ma dhiùltas a' Phàrlamaid agus luchd-comhairle a Chrùn, fuasgladh agus saorsa thoirt dhuinn o Chùirtibh an lagha, agus gu 'n lean iad air ceadachadh do na Cùirtibh sin, bhì a' cur an gnìomh a' chumhachd aimsireil tha 'n an làimhibh 'n ar n-aghaidh;—tha sinn mar luchd-dreuchd na h-Eaglais ag innseadh dhuibh, a Chàirdean, gu saor, nach 'eil sinn 'g a mheas mar dhleasdanas na h-Eaglais, a tha 'n a Rìoghachd spioradail, 'n a Rìoghachd nach 'eil do 'n t-saoghal so, ar cùis a thagradh air dhòigh 's am bith eile; ach le dian-chomhairle a thairgseadh do 'n àrd-uachdaranachd aimsireil, agus ar fianuis fhollaiseach a thogail an làthair nan uile, as leth nan còirichean a dhaingnicheadh d' ar n-Eaglais le *Reachd na Tèaruinteachd*, agus a gheall a' Phàrlamaid Bhreatanach a choimhead gu tèaruinte dh'i.

Ach tha an ùine, eadar an àm a tha làthair, agus an àm aig an toirear an gnothuch ro-chudthromach so air beulaobh na Pàrlamaid, agus feudaidh an ùine bhì gèarr,—tha i a' toirt cothrom luachmhor dhuibhse, a theagamh nach ath-cheannaichear am feasd ma nithear dearmad oirre, na-h-uile oidhirp laghail a ghnàthachadh, le bhur n-uile dhìchioll, a réir laghanna na Rìoghachd, a chum 's gu 'm biodh tèaruinteachd agus saorsa Eaglais bhur n-aithrichean air an coimhead. Tha dleasdanas agaibhse r' a choimhlionadh 's a' ghnòthuch

so, dleasdanas cudthromach, diadhaidh, ro-fheumail, a dhlighear uaibh do Cheann glòrmhoir na h-Eaglais féin, do iomradh bhur n-aithrichean urramach, diadhaidh, agus do leas nan ginealach tha fathast gu tighinn. Amhaircibh air sochairibh Eaglais ar Tìre, cha 'n ann mar gu 'm buineadh iad do dhream àraid 's am bith air leth; ach mar oighreachd shluaigh ar Tìre,—an aon oighreachd tha na bochda 'n ar measg a' mealtuinn, agus an oighreachd a 's fearr a 's urrainn an dream a 's saoihbhe a shealbhachadh. Agus déidheil, mar tha sinn an dòchas, gu 'm bheil sibh, an oighreachd so a mhealtuinn maille ri cliù agus saorsa bhur n-aithrichean a chaidh roimhibh; bithibh fearail, bithibh làidir, ann an uair a' ghàbhaidh; agus seasaihbh gu daingean 's an t-saorsa sin leis an d' rinn Crìosd saor sibh. B' c so cliù bhur sinnsireachd. Cìod iad na nìthe ann an eachdraidh ar dùthcha a 's doimhne a dhruidheas air bhur spiorad 'g an leughadh, agus a dh' iarradh sibh bhì sgrìobhta an imtinnibh bhur cloinne? Cìod iad na h-ionada 'n ar Tìr a 's mò air an dùraichdeadh sibh amharc? Nach iad, an t-iomradh a gheibh sibh an sin air strì dhiadhaidh bhur n-aithrichean air son an t-Soisgeil fhìor-ghloin, agus air son Eaglais shaor?—nach iad na h-ionada fàsail sin, far am bheil cuirp bhur sinnsireachd 'n an luidhe, agus bhur luchd-dùthcha, mar a thuitiad 'n am fianuisibh, a' cathachadh, agus a' fulang geur-leanmhuinn as leth na saorsa aimsireil agus spioradail sin, a choisinn iad mu dheireadh tre bheannachadh an Tighearn air an dilseachd, dhuibhse an cloinn? Thug iadsan a mach le am fuil na sochairean sin a tha sibhse air bhur gairm gu bhì a' coimhead, le bhur n-oidhirpibh agus le bhur n-ùrnuighibh; agus am b' àill leibh e bhì air a ràdh leosan a thig ann bhur déigh-sa, gu 'n d' thug sibhse seachad gun oidhirp agus gun deuchainn còir-bhreith bhur cloinne,—no, ann an ciùine 's an dealradh greine bhur soirbheachaidh aimsireil, gu 'n do leig sibh fuidhe 's an doimhne, an long ghreadhnach a thogadh an àm na doinninn, 's a sheas ri iomadh luasgadh o 'n stoirm?

Ach, a Chàirdean gràdhach 's an Tighearn, ceadaichibh dhuinn ar dòchas agus ar n-ùrnuigh dhurachdaich as bhur leth, gu 'n cleachd sibh bhur comas, 'n ur inbhe féin, gach aon, bhur n-iartus agus bhur tagradh a chur an làthair luchd-riaghlaidh agus comhairle ar Rìoghachd as leth aobhair Shìoin. Agus fhad 's a nìhear so leibh, cumhnichibh, gur h-ann ris an Tighearn tha agaibh gu sònruichte r' a dhèanamh. Tha na h-amhghara a thig air 'Eaglais-sa, cia b' e dòigh tre an tig iad, a' tighinn o a làimh-sa. Agus eadar gu 'm bheil na deuchainnean leis am bheil ar Tìr air a bagradh, air an cur ann am breitheanas, no ann an tròcair; tha sibhse air bhur gairm, annta,—“Eisibh-sa an t-slat, agus an Tì a dh'òrduich i.” Tha guth aig slat-smachdachaidh a fhreasdail,—guth ro àrd, agus ro dhruidhteach,—rabhadh do'n chiontach, agus achmhasan d' a shluagh féin; agus buinidh e dhuibhse a nis, fhiosrachadh gu geur mu 'r timhioll féin, nach 'eil aig an Tighearn aobhar-connsachaidh-éigin 'n ur n-aghaidh, agus mur 'eil 'oibre 's an àm d' ur taobh 'n an gairm oirbh a chum aithreachais. Air ar son-ne, tha sinn gu saor ag aideachadh, ann am fìor bhròn, an simplidheachd agus an treibhdhireachd dhiadhaidh, tha sinn an dòchas, an làthair Dhé, mar mhinistèiribh an t-Soisgeil shìorruidh, gu 'm bheil mòr aobhar irioslachaidh dhomhain agus dhìomhair air ar làimh-ne: tha sinn ag aideachadh, nach d'fhuaireadh sinn a' mothachadh air dhòigh co dìomhair agus co domhain 's co cleachdaidh 's a thigeadh dhuinn, ar cunntas agus ar fiacha do 'n Tighearn, mar dhream air an do chuireadh leis-sa cùram anama neo-bhàsmhor, agus nach d' fhuair eadh sinn a' deanamh faire os bhur ceannsa le h-eud diadhaidh, agus le caomhalachd spioraid, agus leis an dùrachd bheò sin, a bha bhur cor ag agairt, agus ar dleasdanas féin; gu 'n d' fhuair eadh sinn ni 's lugha gu mòr dùrachdach ann an ùrnuigh, agus ni 's lugha dìleas 'n ar searmonachadh, na bhith eadh sinn, na 'n robh sinn ni bu chùramhaiche, mar thigeadh dhuinn, ri faire os ceann ar n-anama féin, ni 's seasmaiche an co-chomunn ris an Tighearn, agus ni 's iomlaine air ar riaghladh le cumhachd

na fìor-dhiadhachd ; gu 'n d' fhuair eadh sinn tuilleadh 's ullamh bhi toilichte le coimhlionadh dhlcasdanas air mhòdh fhuirmeil, cadhon ar dleasdanas follaicheach ; gun bhi ag amharc no a' feitheamh air son an toraidh shlàinteil bhi 'g an leantuinn ; gu 'n d' fhuair eadh sinn tuilleadh 's mall, mi-thoileach, bhi a' togail ar crann-ceusaidh, 's a bhi a' fulang air sgàth ainm' Iosa : agus ag amharc dhuinn air ais, air ar ministreileachd air fad, gur maith gu cinn-teach a dh'fheudas sinn glaodhaich a mach " Mu chomharaicheas tusa aingidheachd, a Thighearn ; a Thighearna, cò a sheasas ? " Ach, nach 'eil mar an ceudna, maille ribh-se, a bhraithrean gràdhach, cadhon maille ribh-se, peacanna an aghaidh an Tighearna bhur Dé ? Tha sibh rè ùin fhada air mealtuinn fhrithealadh an t-soisgeil, agus a sholus—agus ma bheirear fainear leibh scarmonachadh fìor-ghlan an fhocail ann bhur measg, simplidheachd Sgriobtuireil sheòla bhur n-aoraidh, bhur saorsa seirbhìs a dheanamh do 'n Tighearn, a réir bhur coguis féin ; buannachd an fhoghluim agus sgoilean bhur Tìre, sàmhchair shìothchail bhur làithean sàbaid, òrduighean seasmhach bhur n-ionada naomha, amanna cràbhaidh bhur sàcramainde ; agus gach cuimhneach-an coisrigte a dh' fheumas bhi aig mòran 'n ur measg, mu chomhairlibh, mu eisimpleiribh, mu ùrnuighibh teaghlach bhur n-aithrichean,—is e a dh' fheumar a radh ribh, a Chàirdean, gu 'm bheil sibh air sochairean a shealbhadh, air iomadh dòigh, mòran fada os ceann na shealbhaich sluagh eile 's am bith ; agus is e a dh' fheumar a radh, " Gach neach d' an d' thugadh mòran, iarrar mòran uaithe : agus ge b' c ri 'n d' earbadh mòran, iarrar an tuilleadh air." Gidheadh, nach 'eil iad 'n ur measg, air an do ghairmeadh, 's air an do ghuidhadh gu dùrachdach teicheadh o 'n fheirg a ta chum teachd ; air an do ghuidheadh le caoimhneas, dùnadh ri Crìosd, a tha fathast a' tighinn beò as cugmhuis Chrìosd, agus gun dòchas 's an t-saoghal ? Nach 'eil iad r' am faotainn, agus cathair nan gràs fosgailte dhoibh gu a theachd dlùth dh' i, a tha gu cleachdaidh a' deanamh dearmaid air ùrnuigh uaigneich. Nach 'eil tighean agus teaghlachan 'n ur measg, far nach 'eil altair teaghlach r' a fhaotainn do Dhia ? Teaghlachan tha buailteach do 'n an-aoibhìn sin tha air a bagradh an aghaidh nan teaghlach nach 'eil a' gairm air ainm an Tighearn ? Mo thruaighe ! a bhraithrean gràdhach ! tha seargadh as chumhachd na diadhachd, a thaobh phearsa agus theaghlachan, ann an Tìr ar soluis, fuidh fhrithealadh an t-Soisgeil, agus fàs suas agus tighinn air aghaidh a' pheacaidh agus na h-ain-diadhachd, 'n an nithibh ro mhuladach, tha tuilleadh 's follaiseach gu bhi air an ceiltinn, no air an còmhachadh thairis : agus ged 'eil an Tighearn, ann an uachdaranachd shaor a ghràis agus a thròcar féin, air tighinn a dh' ionnsuidh chèarnan air leth d' a fhìonain 'n ar Tìr le frasaibh troma agus ro phrìseil a ghràis, agus ged 'eil, buidheachas dha-sa, eadhon mòr chuideachda air an dùsgadh, air am bioradh 'n an cridhe, agus air an iompachadh ; nach 'eil eadhon na nithe soilleir agus glòrmhor sin, a' leantuinn mar bhuaidh o shearmonachadh an t-Soisgeil 's na h-ionadaibh ud, dìreach a' deanamh 's a' aithnichte, na marbhalachd agus a' bhàis spioradail sin, a tha 'n an huidhe gu trom agus gu coitcheann, air còimhthionailibh agus air anamaibh ann ar Tìr ! Ach is tric a fhuair eadh am amhair 'n a àm ath-bheothachaidh o làthair an Tighearn ; agus is e dìrachd agus ùrnuigh ar cridhe as bhur leth-sa, a nis an uair a tha na neòil dhoreha a' tional mar air aghaidh nan speur, agus an doiniann ro-chosmhail bhi dlùth air làimh,—O, gu 'm biodh an dream a tha neo-churamach air an dùsgadh, gn smuain shuidhichte a ghabhail mu 'n timchioll féin ; agus gu 'm faighteadh fathast iad tèaruinte, an taobh stigh do 'n àire, 'n uair thig là na dìle ; agus gu 'm biodh teaghlach a' chreidimh air an neartachadh, gu bhi a' buanachadh, mar a' faicinn an Ti a ta neo-fhaicsinneach, agus gu 'm faighteadh iad a' toirt ùmhachd d' a ghairm ghrasmhòr féin,—“ Thig, O mo shluagh, imich a steach do d' sheòmraichibh, agus druid do dhorsan mu 'n cuairt duit ; foluich thu féin car tamuill bhig, car tiota, agus an gabh a' chorruich thairis.” Isai. xxvi. 20.

Ach a chum gu 'm builichteadh air chòir leibh gairmean cudthromach fhreasdail Dhé 's an là an diugh; tha sinu ag astuchadh oirbh, a Chàirdcan ionmhuinn, a réir mar tha suim agaibh d' ur leas spioradail féin, agus àrd-bhuannachd bhur sliochd;—gu 'n toireadh sibh le dìon dhùrachd inntinn fàin-ear, truimead, agus meud an ro-ghabhaidh sin a dh' ionnsuidh am bheil ar cùiscan a nis air tighinn; agus gu n' sealladh sibh gu cùramach, suidhichte, 's gu 'n aithnicheadh sibh ciod iad na nithe a tha mu bhur coinneamh, agus ro chosmhail ri bhi a' foitheamh oirbh. Is smuain throm agus ro-chùramach i, cha 'n ann, gu deimhin, do pheacachaibh nach deachaidh fathast a dhùsgadh, nach 'eil a' gabhail suim do nì 's am bith dhiubh so, no do dhaoibh an t-saoghail so, a tha a' diùltadh a chreidsinn gun 'n toircar thairis leinne sochairean aimsiricil 's am bith am feadh, air sgàth an t-Soisgeil agus na fìor dhiadhachd; cha 'n ann eadhon dhoibh sin a tha aig fois ann an Sìon agus a “ta socair air an deasgairibh; a ta ag ràdh 'n an cridhe, Cha dean an Tighearn maith, ni mo a ni e ol” (Seph. i. 12); ach is aobhar-smuaineachaidh ro-chudthromach agus ro throm, agus ro-dhruidhteach, dhoibh-san uile “aig an do bhean Dia r' an cridhe,” agus a fhuair buannachd spioradail o shearmonachadh an t-Soisgeil,—fhaicinn gu soilleir,—ann an ùin' aithghearr, mu 's e agus gu mair lagh na Rìoghachd mar tha e, a réir breth nan Cùirtean-lagha, mar tha sinn a nis air innsadh dhuibh,—gu 'n co-éignichear na ceudan do luchd-seirbhis Chrìosd ann am ministreileachd an t-Soisgeil, dealachadh ris an Eaglais shuidhichte, agus a fagail, air sgàth an aoin aobhair so, an dìlseachd shearmonaich do na prìomh-theagasgaibh agus do na prìomh-bhunaitibh diadhaidh, firinneach sin, air son an d' fhuiling an aithrichean; agus a chionn iad a bhi a' seasamh agus a' tagradh na teagasg sin air an do mhionnaich iad do Dhia, agus ris an do chuir iad an làmh 'n a fhianuis-sa, agus an làthair na h-Eaglais, 'n uair a shuidhicheadh iad mur mhinistreibh an t-Soisgeil. Agus mar so, feudaich ar latha-ne tighinn gu bhi 'n a làm r' a chuimhneachadh co mòr, an eachdraidh ar n-Eaglais, s a tha a' bhliadhna 1662,—an uair a chaidh tuilleadh 's Trì cheud d' ar n-aithrichibh, 'n ar dreuchd-ne, a fhuaircadh dì-leas d' am Maighstir féin, a thilgcadh a mach, le an teaghlachibh bochda gun chuideachadh a eaglaisibh Sgìreachdan na h-Alba, agus as an tighibh-còmh-nuidh. Is smuain ro chudthromach dhuibhse, a Chàirdcan, gu 'm feud na h-àmhghairean latha so, a thig oirne 's a' cheud àit 'n ar pearsaibh 's 'n ar teaghlachibh, bhi air an leanmhuinn leis gach dàimh-cheangal a tha eadar Aodhairean agus an treud bhi air an cur fa sgaoil; agus mar so, nach e a mhàin gu 'm fuiling pobull an Tighearna trom chall ann an iomadh cèarna d' ar Tìr, ach o an iomadaidh eile, a tha gu a nis neo-chùramach agus neo-mhothachail, gu 'n toirear air falbh meadhona nan gràs, tha fathast aca; agus gu 'm fagar fosgailt iad do fhear-teagaisg 's am bith bhi 'g a fhòirneadh féin a stigh orra, a mhàin ma gheibh se e féin bhi air 'ainmeachadh leis a' *Phàtron*, agus an sin a dhlighe aimsireil a thoirt a mach le làimh làidir an lagha, 's e bhi air a shuidheachadh, mar sin, os ceann sluaigh. Nach smuain sholuimte dhuibh, gu 'm bheil leas spioradail anama neo-bhàsmhor bhur eloinne, a tha ionmhuinn leibh mar bhur n-anamaibh féin, agus leas spioradail an sliochd-sa ri tighinn, uile air am filladh, mar tha leas spioradail an-anama féin, anns a' ghnòthuch mhòr so; agus do réir bhur giùlain-sa a nis, 's an àm a tha làthair, gu 'm faighear an cor sud uile, a thaobh mheadhonan nan gràs, air son maith, no a chum an dìobhail shìorruidh, ann an linnibh ri teachd. Nach smuain ro-chudthromach agus sholuimte, gu 'm bi uil' oidhirpean na h-Eaglais tha i a' deanamh 's an là an diugh a chum an t-Soisgeil a chraobh-sgaoileadh, aig a' bhaile, agus an céin, air am mùchadh agus air am bacadh; na h-oidhirpean beannaichte tha i a' deanamh, a chum a bhi toirt 'sgoil' do 'n òige, agus oilein 's an diadhachd do mhòr-bhuidhnibh 'n ar Tìr féin a tha a dh' easbhuidh mheadhona nan gràs; a h-oidhirpean anns am bheil i ag amharc ri leas spioradail bhur bràithrean a réir na feòla, agus bhur luchd-dùthcha a

tha air dol thar muir do ionadaibh céin agus iomallach na talmhainn; na h-oidhirpean tha i a' toirt, gu 'm biodh sean phobull Dhé, na h-Iùdhaich air an toirt air ais agus air an ath-leasachadh, agus Innsean na h-àird-an-Ear air an soillseachadh le solus an t-Soisgeil shiorriudh;—gu 'm bi na h-na oidhirpean so uile, air am mùchadh agus a' tuiteam air falbh! Nach smuain chudthromach, sholuimte so,—Rìoghachd na h-Alba, a roghnuicheadh air tùs mar an t-ionad, mar bhlar-catha, anns an dearbhtadh e bhi mar àrd-dhleasdanas do 'n uachdaran aimsireil, Eaglais shaor agus fhìor-ghlan a shuidheachadh, a chum leas spioradail an t-sluaigh;—Alba bhi nis a rìs air a roghnuchadh, ann an freasdal Dhé, mar am blar-catha anns am bheil cogadh air éirigh, as leth Crùn Chrìosd, cha 'n ann a nis, mar Rìgh nan rìghrean, mar bha an gnothuch mu dheireadh, ach as leth a Chrùn-sa, mar Rìgh air a Shìon féin. Nach smuain chudthromach agus sholuimte, air do 'n Tìr so a nis, àrd-bhratach a sinnsireachd dhìadhaidh a sgoileadh a mach 's an aobhar naomh ud, sùilean na Crìosduidheachd uile, air feadh an t-saoghail fharsuing bhi ag amharc ri h-Alba, a dh'fhaicinn cìod a nìhear leatha a nis, an àm na deuchainn; agus a réir a scamhaehd no a gealtachd an uair na deuchainn so, a réir a fàilneachadh no a soirbheachadh 's a' chathachadh urramach so, gu 'm feud cliù agus cuibhrionn uil' Eaglaisean suidhichte na Roinn-còrpa bhì air an socruchadh, tre oibreachadh cinnteach nam prìomh-theagasgan as leth am bheil ar còmh-stri ris an t-saoghal; agus iad so bhì air an dearbhadh mar fhìor-bhunaitibh nan uile bheannachd, anns am feud rìoghachdan na talmhainn bhì bcannaichte do rìreadh;—gu 'n dearbhtadh so, gu 'n deantadh soilleir e, an làthair nan uile, tre dheuchainnibh ar dùthcha 's ar n-Eaglais. Nach smuain sholuimte, chudthromach, 'n uair a tha 'n ar Tìr-ne, a bha riamh gus a nis mar dhaingneach-làidir do shaorsa iomlain a' chreidimh *Phrotastanaich*,—sinne agus sibhse bhì air ar gairm gu cathachadh a ghiùlan air aghaidh as leth bhur sochairean a thugadh a mach le fuil bhur sinnsireachd; agus rìoghachdan eile timchioll oirbh gach taobh, nach do shealbhaich riamh leithid ar sochairean-ne, aig an dearbh àm so, bhì mar tha sinne, ann an gàbhaidhibh mòra, a thaobh nìthe spioradail. Tha a' Phàpanachd, a Chàirdean, a' tighinn air a h-aghaidh ceum air cheum, mar a chithear leibh làn na mara ag éirigh, balbh, sàmhach, ach cinnteach. Tha inntinne an t-sluaigh ann an Sasunn, agus gu sònruichte luchd-teagaisg agus foghlum na h-Eaglais sin, chcana, gu farsuing air an truailleadh le “taois ghort” na leth-Phàpanachd, as leth am bheil iad a' tagradh gu follaiseach—so air tighinn gu a leithid a dh' àirde 's a thomhas farsuingeachd, 's a tha 'g a dheanamh ro choslach, gu 'm feud an ùine bhì aithghearr, gus an coisnear Eaglais Shasuinn uile gu bhì fuidh làn chumhachd na Papanachd, agus gus am faigh inntinn agus comhairle na Papanachd, mar so, làn làmh-an-uachdar a measg luchd-riaghlaidh agus Luchd-comhairle ar Rìoghachd, agus ann am Parlamaid Bhreatainn; “Agus cìod i a' chrìoch gus an tig na nìthe so uile?” Nach smuain chudthromach agus sholuimte so, ach is smuain i tha gun seachnadh a' tighinn a stigh oirnn, troimh eachdraidh na h-Eaglais air fad;—gu 'm feud an dearbh chòmh-stri so tha nis air a giùlan air aghaidh, bhì air a leanuinn le h-ìomadh toradh 'n a lorg, ris nach d' amhaire fathast an inntinn a 's mò a smuainich oirre, no a 's muladaiche a fhuaireadh ann am beachdachadh oirre; seadh, gu 'm feud ìomadh toradh teachd 'n a lorg, a bhios cruaidh r' a ghiùlan do 'n dream a 's treubhaiche ann an aobhar an Tighearna. Oir, ann an eachdraidh na h-Eaglais, tha sinn a' faicinn, nach do ghairmeadh riamh i gu fìor fhianuis fhollaiseach, chleachdail, a thogail an aghaidh chumhachdan an t-saoghail, as leth àrd-uachdaranachd an Tighearn Iosa Crìosd, nach do dhùisg so, 's nach do bheothaicheadh, naimhdeas an t-saoghail air mhodh shònruichte an aghaidh na fianuis, agus nach d' thàinig cradh agus àmhghair a dh'ionnsuidh na dreama a fhuaireadh 'g a leantuinn-sa le fìr dhìlseachd. Agus uime sin, 'n uair tha sibh air bhur gairm, mar gu cinnteach gu bheil, an

costus a mheas," agus a ghabhail gu cridhe, gu 'm feud àmhghairean a bhì a' feitheamh oirbh-se mar an ceudna, ged is ann oirmne a thig iad air tùs, ghuidh-eamaid oirbh a chuimhneachadh, gu 'm bheil a' chòmh-stri spioradail 's am bheil sibh gu bhì air bhur cleachdamh, 'g a bhur gairm air mhodh-àraid, a chum *Foighlidinn* agus *ùrnuigh*, agus gur feumail, thar gach nì, bhur *creidimh* bhì ann am beò-chleachdamh, eadhon creidimh an Spioraid Naoimh ann bhur n-anamaibh. Tha sinn an dòchas gu 'n cuimhnich sibh mar an ceudna, gur nì a' phrìomh-bhunait tha air a fillleadh 's a' chuis so gu h-iomlan, (eadhon àrd-uachdaranachd agus ùghdarras Chrìosd 'n a Thigh féin), cha 'n ann 'n a nì falamh no faoin, no *meadhonach*, mu 'm feud le tearuinteachd, a bheachd féin bhì aig gach neach; ach 'n a nì gu sònruichte *cleachdail*, os ceann gach nì eile, a dh' easbhuidh e bhì air a choimhead, 's air 'aideachadh leis an Eaglais, nach comasach dh'ì bhì 'n a h-Eaglais ghlan nì 's fhaide; no bhur saorsa no bhur sochairean spioradail bhì agaibhse innte, a réir fhrìnn-sa. 'S ann a tha bhur cathachadh as leth Crùn Chrìosd, àrd-uachdaranachd-sa, mar Rìgh nan Naomh, agus bhur còir seirbhis a thoirt dha 'n a Thigh, a réir riaghailt fhocail féin; faicibh, uime sin, gu toir sibh ùmhlachd dha, mar *bhur Tighearn-sa*: gu 'n gluais sibh cubhaidh do 'n ghairm leis an do ghairmeadh sibh, agus do 'n ainm air an d' ainmicheadh sibh; agus gu deanar laibh teagasg Dhé bhur Slànùighir maiscach 's na h-uile nìthibh, air eagal gu 'n coisinn sibh dhuibh féin a chronachadh-sa—"C' ar son a ghoireas sibh, a Thighearn, a Thighearn, dhiom-sa, agus nach dèan sibh na nìthe tha mi ag ràdh?"

Agus "a nis gu deanadh Dia na sìthe a thug air ais o na marbhaibh an Tighcarn Iosa, àrd-bhuachaill nan caorach, tre fhuil a' choimh-cheangail shìorruidh, sibhse coimhlionta anns gach uile dheadh obair, chum sibh a dheanamh a thoile-san, ag oibreachadh annaibh an nì a ta taitneach 'n a làthair-san, tre Iosa Crìosd; dha-san gu robh glòir gu saoghal nan saoghal. Amen."

Is iad so a leanas, na Rùintean a dh'aidicheadh, 's a chuireadh rompa, le ministearibh na h-Eaglais, 's a' Chomh-ghairm a shuidh an Dun-èidin; Air Di-Sathuirn, an naoitheamh là-deug do cheud mhìos a' gheamhraidh, 1842;

Agus leis an do cho-aontaich Ceithir cheud agus seachd thar fichead ministear, agus tha a nis dlùth air Cùig ceud ministear air an làmh a chur riutha.

I. A réir nam breth àraid a thugadh a mach o chionn ghoirid leis na Cùirtibh-lagha a 's àirde 's an Rìoghachd so; agus iad sin, mar tha a' Chomh-ghairm so 'g an tuigsinn, an aghaidh laghanna cho-shuidheachaidh na Rìoghachd; agus gur h-e am mìneachadh a dhèantadh, mar so, air an lagh aimsireil, ma cheadaichear e, no ma bheirear gnùis dha le h-àrd-uachdaranachd aimsireil ar Tìre; e bhì *mar fhiachaibh* air Cléiribh na h-Eaglais a réir Reachd na *Patronage*, gabhail ris gach fear-teagaisg 's am bith a dh' ainmichear leis a' *Phatron*, agus a shuidheachadh, ma tha a mhàin fhoghlum litireil dìongmholta, agus a mhodhanna o 'n leth muigh neo-choireach; gur dleasdanas aimsireil so, tha *mar fhiachaibh* air gach Cléir, agus a dh' fheadar thoirt air gach Cléir a choimhlionadh, olc air mhaith leo, fuidh pheanasuibh lagha; agus gu sònruichte, fear-teagaisg bhì air a dhiùltadh le Cléir do bhrìgh a' choimhthionail bhì 'n a aghaidh, a réir mar tha laghanna bunaiteach na h-Eaglais so a' gairm air gach Cléir a dheanamh; a réir nam breth ud, a nis, tha an diùltadh so air fear-teagaisg air a dheanamh leis na Cùirtibh aimsireil, 'n a choire, no 'n a chiont' aimsireil, air am feudar peanas a dheanamh le Cùirtibh an lagha.

II. Tha a nis, iomadh breth eile air an toirt a mach le Cùirtibh an lagha,

agus gu sònruichte, a' bhreth a thugadh le h-aon do na breitheamhnaibh, ann an euis mhinistirean *Shrath-bhogaidh* bhì air an cur as an dreuchd le binn na h-Eaglais, a' bhreth so bhì a' gùlan, nan Cùirtean aimsireil bhì a' glacadh d' an ionnsuidh féin uachdaranachd os ceann riaghlaidh spioradail na h-Eaglais 'n a dleasdanasaihbh a 's àirde;—a thaobh a h-aoraidh agus a frithealaidh, timchioll a luchd-dreuchd, gu h-àraid ann am ministeiribh neo-chubhaidh a chur a mach;—tha so a' cur a thaobh riaghailt-smachdachaidh na h-Eaglais, 'n a Cùirtibh spioradail féin, agus a' toirt air falbh uaithe gnàthachadh cothromach a h-oideis a thaobh a ministeirean agus a buill air leth.

III. Tha an làmhachas làidir so air taobh nan Cuirtean-lagha, ag agairt uachdaranachd os ceann na h-Eaglais 'n a dlighibh spioradail, ag éirigh gu h-àraid, mur a h-'eil gu h-iomlan, o *Reachd na Ban-rìghinn Anna*, a dh'aisig an còir do na *Patronaibh*.—*Reachd*, o thùs an aghaidh na còrach, agus anns an t-seadh 's am bheil i nis air a mìneachadh le Cùirtibh an lagha, do nach fend an Eaglais géilleadh gu coguiseach, agus ris nach urrainn di aontachadh a gnàthachadh féin, 'u a dleasdanasaihbh soluimte a thaobh saorsa an t-sluaigh, idir a chomh-chumadh.

IV. Do bhrìgh gur h-e an nì àraid air 'fhilleadh anns gach breth dhiubh so, agus gu h-àraid ann am breth Cùis-lagha *Achtaràrdair*, uachdaranachd nan Cùirtean aimsireil os ceann na h-Eaglais Shuidhichte ann an gnàthachadh a dleasdanas spioradail; a réir sin, tha buill na Coimh-ghairme so 'g a chur an céill, nach urrainn iad ùmhlachd a thoirt do lagh aimsireil 's am bith a bheirear a stigh mu na nithibh so, nach toir dìon iomlan do 'n Eaglais o 'n uachdaranachd ud bhì aig na Cùirtibh aimsireil os a ceann, anns gach àm ri tighinn; agus air mhodh àraid, mur toirmisgear gu h-iomlan do na Cùirtibh aimsireil ann an àm ri tighinn, bhì mar so a' brisacadh a stigh air an Eaglais, a' tighinn cadar i agus a dleasdanas spioradail a choimhlionadh gu saor:

V. Tha buill na Coimh-ghairme so 'g a chur an céill; anns gach còmh-stri a ghiùlaineadh air aghaidh gus a nis, gu 'n do riaghladh 'n an inntinnibh agus 'n an crìochaibh iad, agus gu 'm bheil iad an dòchas gu riaghlar fathast iad, le làn-dearbhadh air luach agus fìor-mhaitheas na h-nachdaranachd aimsireil sin agus comh-shuidheachaidh na Rìoghachd a thaobh nithe aimsireil agus spioradail, gus a nis, fuidh am bheil, ann am freasdal Dhé an cuibhrionn aimsireil aca; agus gu 'm bheil aon d' an aobharaibh cùraim ag éirigh, o bhì a' faicinn'gu soilleir, ma dhaingnichear le lagh na Rìoghachd gach breth ainncartach a tha na Cuirtean-lagha air toirt a mach o chionn ghoirid an aghaidh na h-Eaglais, a thuilleadh gu 'm bhì le sin an Eaglais féin air a truaillleadh,—gu 'n treoraich na dèanadasa so mu dhèireadh, a chum comh-shuidheachadh na Rìoghachd féin atharrachadh agus a thilgeil bun os ceann, co cinnteach 's a tha iad 'n an dèanadasaibh, tha an aghaidh cheud-bhunaitean na h-Eaglais, agus an aghaidh choguisear a luchd-dreuchd.

Na Rùintean, a ris, a thuilleadh, a chuireadh an céill le Comh-ghairm Mhinistirean na h-Eaglais,

Air Di-màirt, an dara là fichead do cheud mhìos a' gheamhraidh 1842.
Ris an do chuir Trì cheud agus trìuir thar fichead ministear a làimh. Agus tha a nis tuilleadh maith is ceithir cheud dà fhichead 's a deich ministear air cur an làimh riutha so.

I. Gu 'm bheil an Eaglais, air an dòigh a 's soluimte, a' togail, 's a' cur an céill a fianuis fhollaiseich, an aghaidh nan ionnsuidhean tha air an toirt, ainneart a dheanamh air a riaghladh spioradail leis na Cùirtibh aimsireil; mar tha na h-ionnsuidhean sin an aghaidh Fhocail Dhé, an aghaidh Leabhair aidmheil a' Chreidimh, agus an aghaidh Comh-shuidheachaidh na Rìoghachd; agus ged 'eil còir aig an Eaglais, gu sònruichte, ann am beachd nam bràithrean

tha cruinn 's an àm, a chur an céill, mar rinneadh cheana leis an Ard-Sheanadh, ann an Cùis-thagraidh an Còirichean, gu 'm bheil làmhachas-làidir so nan Cùirtean aimsireil a' glacadh ùghdarras dhoibh féin ann an nithibh spioradail, agus gu h-àraid anu, an suidheachadh mhinisteirean, agus 'n an cur a mach, 'n a bhriscadh, 's an t-seadh a 's soilleirc, air Lagh na Rìoghachd so, leis an do shuidhicheadh an Eaglais 'n ar Tìr,—lagh a dh'aidicheadh leis an dà Rìoghachd, 's mu 'n do chuiradh an céill leo, gu maireadh e gun atharrachadh, 'n uair rinneadh an t-Aonadh eadar Sasunn agus Alba; tha sinn a' togail fianuis fhollaiseich, cìod air bith a nithear le làmhachas làidir, mar so, gu 'm bu chòir a mheas mar ni gun ùghdarras na Rìoghachd bhi aige, agus a chur an neo-shuim: ach, gùdhcadh, ge b' e dh'fheudas an Rìoghachd a dhèanamh 's a' chor so, nach e dleasdanas na h-Eaglais, mar Rìoghachd naeh 'eil do 'n t-saoghal so, aig nach 'eil, agus do nach comasach cumhachd a' chlàidheimh a gnàthachadh, no uachdaranachd aimsireil eile 's am bith, a chum a còir féin a thoirt a mach,—còir a thugadh, 's a dhaingnicheadh dh'i air sochairibh aimsireil a suidheachaidh; nach comasach, agus nach dlìgheach do 'n Eaglais cur an aghaidh àrd-uachdaranachd na Rìoghachd a thaobh nan nithe aimsireil sin, ach a mhàin air mhodh earail fhianuis fhollaiseich, agus rabhaidh shluimte a thoirt uaipe.

II. Mar gur h-e, air an dara làimh, dleasdanas neo-mhearachdach na h-Eaglais agus a ministeirean dìleas, ionnsuidhean ainneartach nan Cùirtean-lagha air riaghladh spioradail na h-Eaglais, a nochdadh do àrd-uachdaranachd na Rìoghachd, mar sin, air an làimh eile, ma dhiùltar leis an àrd-uachdaranachd aimsireil, leithid a dh'fhurtachd a dheanamh air an Eaglais 's a tha a cor ag agairt; nach urrainn sinne, an sin, ach an diùltadh sin a ghabhail mar dhearbhadh shoilleir gu 'm bheil àrd-uachdaranachd aimsireil na Rìoghachd a' toirt òis do làmhachas-làidir nan Cùirtean-lagha, agus a' daingneachadh am breth-sa air an Eaglais, mar chuing.

III. Gu 'm bheil na bràithrean tha a nis a làthair maille r' a chéile ag aideachadh làn chòir' an Uachdarain aimsireil, no an h-àird-uachdaranachd aimsireil, làn-ùghdarras bhi aca, ann an gnàthachadh an uile dhleasdanasan aimsireil féin, agus ann an coimhlionadh an dleasdanas a dhlighear leo do Eaglais Chrìosd. Agus gu h-àraid, tha na bràithrean ag aideachadh còir' an Uachdarain aimsireil, na ceanglaichean àraid a shocruchadh a réir an toirear leis an Eaglais gu bhi 'n a h-Eaglais shuidhichte;—tha iad ag aideachadh na còire so bhi aige, fuidh 'u fhreagrachd sin a dh'fheumas e thoirt do Dhia;—agus air gnàthachadh na còire so do 'n Uachdaran aimsireil, nach 'eil e ceadaichte do 'n Eaglais cur 'n a aghaidh. Agus a réir so, mar nach 'eil an Eaglais fuidh fhiachaibh coguis, 's nach mò tha e saor dh'i, air dhi bhi 'n a Rìoghachd eadar-dhealaichte o 'n t-saoghal, 'n a h-inbhe spioradail agus 'n a Riaghladh féin,—a gnàthachadh-sa a cho-chumadh ann an riaghladh Thighe Chrìosd ri àitheantaibh na h-uachdaranachd aimsireil, no Chùirtean-lagha, an aghaidh dearbh-shoilleireachd a coguis féin, stéidhichte air focal an Tighearna;—mar sin mar an ceudna, nach 'eil ùghdarras aice, a chur roimh 'n Uachdaran aimsireil, no agairt uaithe mar a còir féin, gu 'n deanadh esan a réir a beachd-sa, ann am frithealachd nithe an t-saoghail so gu coitcheonn; no anns na nithear leis mu thimchioll nithe na diadhachd, no nithe coisrigte,—mar ann a bhùileachadh air an Eaglais, no 'n a chumail air ais uaithe, a ghnuis agus a chuideachaidh;—agus nach mò tha e ceadaichte do 'n Eaglais cur an aghaidh an t-socruchaidh a nithear leis mu na nithibh so; do bhrìgh anns gach earrann air leth d' a dhleasdanas e bhi mar fhiachaibh air an Uachdaran aimsireil e féin a chleachdadh a réir a choguis féin, fuidh riaghailt Fhocail Dhé, agus mar a' dh'fheumar leis freagairt air a shon féin do Dhia.

IV. Gur h-e dleasdanas mhinisteirean dìleas na h-Eaglais so, iad gun bhuanachadh ni 's fhaide, 'n an cuibhrionn aimsireil a ghabhail, a dhaingnicheadh

dhoibh leis an lagh aimsireil 'n ar Tìr; no iad féin a shàruchadh ann an triob-
laidibh iomadach, agus ann an olcaibh lionmhor chonnasachaidhean ris an uach-
daranachd aimsireil, le bhì 'g an lean tuinn sin air aghaidh; aon uair 's gu 'm bi e
air 'fhaicinn leo, gu 'm bheil àrd-uachdaranachd na Rìoghachd air diùltadh fuas-
gladh agus saorsa a fhoirt do 'n Eaglais o ainneart nan Cùirtean-lagha ann an
nithibh spioradail, agus an uachdaranachd aimsireil, le sin, bhì air a faicinn gu
soilleir, a' toirt a gnùis do na Cùirtibh-lagha, agus a' daingneachadh air an
Eaglais nan ceanglaichean sin a b' àill le Cùirtibh an lagha a leagail oirre,
mar an aon chumha air am bheil an Uachdaranachd a' buileachadh an cuibh-
rinn aimsireil air ministearibh na h-Eaglais,—cumha do nach urrainn iad
gèilleadh le deadh choguis, no ùmhachd a thabhairt;—'s e sin,—iad a bhì
fuidh cheannsaich ann an dleasdanasaidh spioradail, do thoil na h-uachdar-
anachd aimsireil; agus gu h-àraid e bhì mar fhiachaibh orra, air sgàth an
cnibhrinn aimsireil, luchd-teagaisg agus dreuchd fhoirneadh a stigh air
Sgìreachdaibh an aghaidh toil' a' chiomhthionail.

Gur h-e dleasdanas nam Ministearan tha 's an àm cruinn an so an ceann a
cheile, agus co iomadh d' am bràithrean 's a leanas r' am beachd, 's r' am
breth, cumntas agus iomradh soilleir, solumte, a chur mu choinneam'
Luchd-Còmhairle na Ban-rìghinn, agus mu choinneamh dhà Thigh na
Pàrlamaid, a' nochdadh a' ghabhaidh iomallaich sin 's am bheil a nis Eaglais
Shuidhichte na h-Alba;—luach do-thomhais nam buannachd sin a bhùidheadh
air an Tìr so leis an Eaglais;—a' nochdadh, cia co aindeonach 's a tha sin,
agus a' chràidh a tha e a' toirt dhuinn, bhì air ar co-èigneachadh gu fìor
eagal a ghabhail, gu 'm feum an Eaglais, air sgàth coguis, air a deal-
achadh o 'n dàimh 's am bheil i mar Eaglais shuidhichte ris an Uach-
daranachd aimsireil;—agus a' gairm, le gach urram a dh'èir, ear dhoibh 'n an
inbhe,—air Luchd-riaghlaidh na Rìoghachd so, Con-shuidheadh na
Rìoghachd a choinhead gun bhruiseadh, gun dochar, agus Eaglais fhìor-
ghlan shuidhichte, a chumail suas 's an Tìr:—agus fa dheòidh, agus gu soilleir,
a' cur an cèill 's a' toirt rabhaidh; mar tha cnibhrionn aimsireil na h-Eaglais aig
toil uachdaranachd aimsireil na Rìoghachd, gun teagamh aig am bheil e r'
a dheanamh a' chuibhrionn sin a chiomhead do 'n Eaglais, agus aig an àm
cheudna ise a choinhead saor 'n a riaghladh agus 'n a saorsa féin no a'
chuibhrionn so a bhuintinn air falbh uaipe gu tìr;—mar sin, mar an ceudna,
gu 'm feum bhì 'n a dhleasdanas do 'n Eaglais; agus a réir an dleasdanas
sin, tre chuideachadh gràis Dhé,—is e Rùn Suidhichte, seasmhach nam bràith-
rean tha cruinn an so,—mur a toirear an fuasgladh agus an fhurtachd dhoibh
a tha nis feumail gun seachnadh, o ainneart nan Cùirtean-lagha,—an cnibh-
rionn aimsireil a thoirt seachd, nach urrainn ni 's faide bhì air a glicheadh
leo, ann an co-sheasmhachd ri gnàthachadh saor agus iomlan an dleasdanas
spioradail;—agus gu 'n tiomain siad iad féin agus an teaghlaiichean air ge-
b' e ulluchadh a chithear maith leis an Tighearn 'n a fhreasdal a dheanamh air
an son; a' cumail agus a' tagradh, gun chaochladh 's am bith 'n am beachd,
gur h-e àrd-dhleasdanas an Uachdarain aimsireil Eaglais Shuidhichte air
bhonn nan Scriobtur agus d' an réir, a chumail suas; agus gu solumte a'
fogail am fàrnis fhollaiseich, an aghaidh bhreth nan Cùirtean aimsireil, air
am bheil an gearan, a bhì 'n am beachd sheasmhaich-sa, gu h-iomlan an
aghaidh na thuig iad riamh gus a nis, bhì 'n a lagh, 's 'n a chomh-shuidh-
eachadh do 'n Rìoghachd so.